Theab , <i>nearly, almost</i> ,	{ Used only in the Past Indicative (Affirmative and Negative), as, <i>theab mi tuiteam</i> , I nearly fell; <i>an do theab tuiteam?</i> did he almost fall?
Tiugainn , <i>come</i> ,	{ Used only in the Second Person singular and plural of the Imperative; as, <i>tiugainn</i> , come thou; <i>tiugainnibh</i> , come ye.
Is, bu , <i>is, was</i> ,	{ The assertive form of the Verb <i>Bi</i> —used only in the Present and Past Indicative; as, <i>is mi</i> , it is I; <i>bu tu</i> , it was thou.

THE VERB **Is**, *is*—INDEPENDENT FORM.

72.

INDICATIVE.

PRESENT.

SINGULAR.	PLURAL.
1. Is mi, <i>it is I.</i>	Is sinn, <i>it is we.</i>
2. Is tu, <i>it is thou.</i>	Is sibh, <i>it is you.</i>
3. Is e, i, <i>it is he, she.</i>	Is iad, <i>it is they.</i>

PAST.

1. Bu mhì, <i>it was.</i>	Bu sinn, <i>it was we.</i>
2. Bu tu, <i>it was thou.</i>	Bu sibh, <i>it was you.</i>
3. B' e, i, <i>it was he, she.</i>	B' iad, <i>it was they.</i>

DEPENDENT FORM.

Am, an,	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Am mì?} \\ \text{Is it I?} \\ \text{Am bu mhì?} \\ \text{Was it I?} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{An sinn?} \\ \text{Is it we?} \\ \text{Am bu sinn?} \\ \text{Was it we?} \end{array} \right.$
Cha, cha'n,	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Cha mhì.} \\ \text{It is not I.} \\ \text{Cha 'n e.} \\ \text{It is not he.} \\ \text{Cha bu mhì.} \\ \text{It was not I.} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Cha sinn.} \\ \text{It is not we.} \\ \text{Cha 'n iad.} \\ \text{It is not they.} \\ \text{Cha bu sinn.} \\ \text{It was not we.} \end{array} \right.$
Ma, na 'm,	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Ma 's mì.} \\ \text{If it is I.} \\ \text{Na 'm bu mhì.} \\ \text{If it was I.} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Ma 's sinn.} \\ \text{If it be we.} \\ \text{Na 'm bu sinn.} \\ \text{If it were we.} \end{array} \right.$
Mur,	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Mur mì.} \\ \text{If it is not I.} \\ \text{Mur bu mhì.} \\ \text{If it was not I.} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Mur sinn.} \\ \text{If it be not we.} \\ \text{Mur bu sinn.} \\ \text{If it were not we.} \end{array} \right.$
Ged,	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Ged is mì.} \\ \text{Though it is I.} \\ \text{Ged bu mhì.} \\ \text{Though it was I.} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Ged is sinn.} \\ \text{Though it be we.} \\ \text{Ged bu sinn.} \\ \text{Though it were we.} \end{array} \right.$
Nach?	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Nach mì?} \\ \text{Is it not I?} \\ \text{Nach bu mhì?} \\ \text{Was it not I?} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Nach sinn?} \\ \text{Is it not we?} \\ \text{Nach bu sinn?} \\ \text{Was it not we?} \end{array} \right.$
Gur, gu 'm,	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Gur mì.} \\ \text{That it is I.} \\ \text{Gu 'm bu mhì.} \\ \text{That it was I.} \end{array} \right.$	$\left\{ \begin{array}{l} \text{Gur sinn.} \\ \text{That it is we.} \\ \text{Gu 'm bu sinn.} \\ \text{That it were we.} \end{array} \right.$

After the particles, *am*, *cha*, *nach*, *gur*, *mur*, and sometimes the interrogatives *co*, *ciod*, the verb **Is** does not appear

in the Present Tense, but the idea is as distinctly conveyed as if the verb had been expressed; as, *Cò thu?* Who art thou? *Cha mhì*, It is not I.

DEFECTIVE AUXILIARY VERBS.

73. These are:—*Faodaidh*, may; *feumaidh*, *fmridh* and *is eudar*, must; *is urrainn*, can; *is còir*, ought, should.

SINGULAR.

PLURAL.

{ Faodaidh mi, I may.	{ Faodaidh sinn, We may.
{ Dh-fhaodainn, I might.	{ Dh-fhaodamaid, We might.
{ Feumaidh mi, I must.	{ Feumaidh sinn, We must.
{ Dh-fheumainn, I would need.	{ Dh-fheumamaid, We would need.
{ Is urrainn domh, I can.	{ Is urrainn duinn, We can.
{ B' urrainn domh, I could.	{ B' urrainn duinn, We could.
{ Is còir dhomh, I ought.	{ Is còir dhuinn, We ought.
{ Bu chòir dhomh, I ought.	{ Bu chòir dhuinn, We ought.
{ Is eudar dhomh, I must.	{ Is eudar dhuinn, We must.
{ B' eudar dhomh, I was obliged (had to).	{ B' eudar dhuinn, We were obliged.

For the Dependent Form of these auxiliaries, the particles are prefixed in the same way as shown in the former examples of verbs.

THE VERBS *Bi*, *Dean*, *Rach*.

74. The Verb *Bi*, besides being used as an auxiliary in the conjugation of other verbs, is employed to denote possession in conjunction with the prepositional-pronoun *agam*, or the simple preposition *aig*; and in this combination is equivalent to the verb *have* in English; as, *tha leabhar agam*, I have a book; *tha each aig an tuathnach*, the farmer has a horse.

The same construction is used in Latin; as, *liber est mihi*, I have a book—literally, *a book is to me*.

The irregular verb *Dean*, when used before the verbal

noun, is equivalent to the English auxiliary *do*; as, *dean suidhe*, sit thou—literally *do a sitting*; *rinn mi mo gharadh*, I warmed myself.

The irregular verb *Rach*, when used before the verbal noun corresponds with the Passive Voice; as, *chaidh esan a bhualadh*, he was struck; (passive, *bhuaileadh e*, he was struck). *Chaidh an duine 'chur am prìosan*, the man was sent to prison: (passive, *chuireadh an duine am prìosan*).

IMPERSONAL FORM OF THE VERB.

75. A Passive verb takes an Impersonal form, when the subject is not expressed, but incorporated with the verb; as, *chithear*, sees. or shall see; *thàtar ag ràdh*, it is said; *thàtar a' togail an taighe*, the house is being built. The Impersonal form frequently takes the prepositional-pronoun *leam*; as, *clunnear leis guth binn na h-òighe*, he hears the sweet voice of the maiden.

THE VERBAL-NOUN.

76. The verbal-noun is formed by adding a suffix to the stem. The inflectional suffix chiefly used is *adh* or *eachd*: as, *taom*, pour; *a' taomadh*, pouring.

Other suffixes which are commonly used are *in*, *sinn*, *ail*, *eil*, *achd*, *eachd*, *ich*, *aich*.

Some verbal-nouns have no inflectional suffix, but retain their primary form; as, *òl*, drink; *ag òl*, drinking.

77. VERBS IN COMMON USE, NOT IN *adh* OR *eachd*.

STEM.	VERBAL-NOUN.	STEM.	VERBAL-NOUN.
Abair, <i>say</i> ,	ràdh.	Aithris, <i>tell</i> ,	aithris.
Agair, <i>claim</i> ,	agairt.	Aisig, <i>restore, ferry</i> ,	aiseag.
Amas, <i>aim</i> ,	amas.	Amhairc, <i>look</i> ,	amharc.

STEM.	VERBAL-NOUN.	STEM.	VERBAL-NOUN.
At, <i>swell</i> ,	at.	Falbh, <i>go</i> ,	falbh.
Bagair, <i>threaten</i> .	{ bagradh. bagairt.	Foighnich, <i>enquire</i> ,	{ foighneachd.
Bleith, <i>grind</i> ,	bleith.	Fairich, <i>feel</i> ,	faireachdainn.
Bleoghainn, <i>milk</i> ,	bleoghan,	Falaich, <i>hide</i> ,	falach.
Bruich, <i>boil</i> ,	bruich.	Fan, <i>stay</i> ,	{ fanachd. fantuinn.
Buain, <i>reap</i> ,	buain.	Fàs, <i>grow</i> .	fàs.
Beuc, <i>roar</i> ,	beucail.	Feith, <i>wait</i> ,	feitheamh.
Bùir, <i>bellow</i> ,	bùirich.	Feuch, <i>look, be-</i> <i>hold, try</i> ,	{ feuchainn.
Caill, <i>lose</i> ,	call.	Fògair, <i>banish</i> ,	fògairt.
Caidil, <i>sleep</i> ,	cadal.	Fuiling, <i>suffer</i> ,	fulang.
Can, <i>say, sing</i> ,	cantuinn.	Fuirich, <i>stay</i> ,	fuireach.
Caith, <i>wear</i> ,	caitheamh.	Fuaghail, <i>sew</i> ,	fuaghal.
Caoidh, <i>lament</i> .	caoidh.	Freagair, <i>answer</i> ,	freagairt.
Càraich, <i>mend</i> ,	càramh.	Gabh, <i>take</i> ,	gabhail.
Casaid, <i>accuse</i> ,	casaid.	Gàir, <i>laugh</i> ,	gàireachdaich.
Ceangail, <i>tie</i> ,	ceangal.	Gairm, <i>call</i> ,	gairm.
Ceil, <i>conceal</i> ,	ceiltinn.	Geall, <i>promise</i> ,	gealltuinn.
Cinn, <i>grow</i> ,	cinntinn.	Gearain, <i>complain</i> ,	gearan.
Cluinn, <i>hear</i> ,	cluinntinn.	Geum, <i>low</i> ,	geumnaich.
Coisich, <i>walk</i> .	coiseachd.	Gin, <i>beget</i> ,	ginntinn.
Creid, <i>believe</i> .	creidsinn.	Glaodh, <i>cry</i> ,	glaodhaich.
Cùm, <i>keep</i> ,	cumail.	Gluais, <i>move</i> ,	gluasad.
Cuir, <i>put</i> ,	cur.	Goir, <i>crow</i> ,	goirsinn.
Dèan, <i>do</i> ,	dèanamh.	Guidh, <i>beseech</i> ,	guidhe.
Dìon, <i>protect</i> ,	dìon.	Guil, <i>weep</i> ,	gul.
Dochainn, <i>hurt</i> ,	dochann.	Iarr, <i>ask</i> ,	iarraidh.
Earb, <i>trust</i> ,	earbsa,	Iasgaich, <i>fish</i> ,	iasgach.
Éirich, <i>rise</i> ,	éirigh.	Imich, <i>go, depart</i> ,	imeachd.
Éisd, <i>hear</i> ,	éisdeachd.	Ionndrainn, <i>miss</i> ,	ionndrainn.
Fàg, <i>leave</i> .	fàgail.	Iomair, <i>row</i> ,	{ iomram. iomairt.
Faic, <i>see</i> ,	faicinn.		
Faigh, <i>get</i> ,	{ faighinn. faotainn.		

STEM.	VERBAL-NOUN.	STEM.	VERBAL NOUN.
Labhair, <i>speak</i> ,	labhairt.	Siubhail, <i>travel</i> ,	siubhal.
Laidh, <i>lie down</i> ,	laidhe.	Snàmh, <i>swim</i> ,	snàmh.
Leighis, <i>cure</i> ,	leigheas.	Sníomh, <i>spin</i> ,	sníomh.
Leig, <i>permit</i> ,	leigeil.	Srann, <i>snore</i> ,	srannail.
Leag, <i>tumble, fell</i> ,	leagail.	Streap, <i>climb</i> ,	streap.
Lean, <i>follow</i> ,	{ leantuinn. { leanachd.	Suidh, <i>sit</i> ,	suidhe.
Màgair, <i>crawl</i> ,	màgairt.	Tabhair, { <i>give</i> ,	{ tabhairt.
Marcaich, <i>ride</i> ,	marcachd.	Thoir, {	{ toirt.
Mair, <i>continue</i> ,	mairsinn.	Tachair, <i>meet</i> ,	tachairt.
Meal, <i>enjoy</i> ,	mealtuinn.	Taghail, <i>visit</i> ,	taghal.
Mosgail, <i>awake</i> ,	mosgladh.	Tairg, <i>offer</i> ,	{ tairgsè. { tairgsinn.
Òl, <i>drink</i> ,	òl.	Tarruinn, <i>draw</i> ,	tarruinn.
Ràn, <i>roar</i> ,	{ rànach. { rànail.	Teasairg, <i>save</i> ,	teasargainn.
Roinn, <i>divide</i> ,	roinn.	Tional, <i>gather</i> ,	tional.
Ruig, <i>reach</i> ,	{ ruigsinn. { ruigheachd.	Teirig, <i>wear</i> { <i>out</i> ,	{ teireachdainn. { teirginn.
Ruith, <i>run</i> ,	ruith.	Tig (thig), <i>come</i> ,	tighinn.
Saoil, <i>think</i> ,	saolsinn.	Tilg, <i>throw</i> ,	tilgeil.
Saltair, <i>trample</i> ,	saltairt.	Tog, <i>lift, build</i> ,	togail.
Seall, <i>see</i> ,	sealltuinn.	Tomhais, <i>measure</i> ,	tombas.
Seas, <i>stand</i> ,	seasamh.	Triall, <i>go, proceed</i> ,	triall.
Seinn, <i>sing</i> ,	seinn.	Trod, <i>scold</i> ,	trod.
Sgrios, <i>destroy</i> ,	sgrios.	Tuig, <i>understand</i> ,	tuigsinn.
Sguir, <i>desist</i> ,	sgur.	Tuit, <i>fall</i> ,	tuiteam.

EXERCISE XIV.

Mharbh an sealgair fiadh. Theich an eilid do 'n choille. Lean na coin an eilid. Lean thusa na coin, agus leanadh mise thusa. Leum maigheach á tom fraoich. Cuir an cù dubh rithe. Tha an cù dubh crùbach. Bhreab an t-each donn e. An do bhris e cas a' choin? Cha do bhris. Is math nach do bhris; is cù math e. Am bheil e math air

an t-sealg? Cha 'n 'eil na 's feàrr. Gairm air a' chù-chaorach, tha mi 'dol ri monadh. Na fan fada air a' bheinn, tha coltas uisge air. Tillidh mi mu fheasgar. Mur till thu mu 'n tig an t-anamoch, beiridh an stoirm ort. Cha 'n fhaic mi mullach na beinne le ceò. Bi glic agus na rach ri monadh an diugh. Gabhaidh mi do chomhairle, agus fanaidh mi aig an taigh. Ma dhùisgeas tu mi aig briseadh an latha, théd mi do 'n bheinn an sin. Ni mise sin, ma bhitheas maduinn mhath ann.

The hare was in the garden. The dog killed the hare. Let us go the hill to hunt the deer. Bring with you the two hunting-dogs and the brown terrier. Leave the sheep-dog at home. We saw a fox running into the wood. Did you see the dogs at him? No. We will wait until he comes out of the wood. Call in the dogs, and tie them to a tree. Keep your eye on yonder pass. The fox did not see us. If he did not see us, he heard the barking of the dogs.

EXERCISE XVI.

RECAPITULATORY.

Nach binn ceileir nan eun air barraibh nan geug! Is taitneach a bhi 'g éisdeachd r' an ceòl. Is e so am mìos anns am bheil iad a' neadachadh. Chunnaic mi nead na smeòraiche anns a' phreas ud. Cia meud ubh a bh' anns an nead? Cha do chunnt mi iad. Tha moran nead anns a' choille mhóir. Tha nead a' ghobhlain-gaoithe ann an anainn an taighe. Tha an gealbhonn gu dìchiollach a' cruinneachadh shop airson a' nìd. Tha eunlaith an adhair gu léir, a' deasachadh an àitean-còmhnuidh. Cluinnear iomadh fuaim thaitneach, agus chithear iomadh sealladh àillidh ann am mìosan an t-samhraidh. Gheibhear gach seòrsa measa ann an lionmhorachd. Gheibhear pailteas de gach nì a tha airson math duine agus ainmhidhe. Togadh an duine a ghuth ann an taingealachd airson gach maitheis.

Have you heard the sweet warbling of the birds? I hear them every morning. This is bird-nesting time. Have you seen the blackbird's nest in the hazel bush at the back of the house? I have; there are three eggs in the nest. Do not disturb the nest, and do not frighten the bird. How beautiful the country looks at this time! Every creature is happy and cheerful. The trees are covered with foliage, and the fields with a garment of green. Great and abundant are the blessings which the Creator bestows on us.

THE PRONOUN.

78. Pronouns take the place either of Substantives or Adjectives, and are divided into six classes :

Personal, Possessive, Relative, Demonstrative, Interrogative and Indefinite.

PERSONAL PRONOUNS.

Personal Pronouns agree with the noun for which they stand, in Gender Number, and Case.

They are strengthened by having a syllable post-fixed, and are therefore Simple and Emphatic.

The word *féin* or *fhéin* (self) is sometimes used to make the emphasis more forcible.

	SINGULAR.		PLURAL.	
	<i>Simple.</i>	<i>Emphatic.</i>	<i>Simple.</i>	<i>Emphatic.</i>
1.	Mi,	mise, <i>I, me.</i>	Sinn, sinne,	<i>we, us.</i>
2.	Tu, thu,	tusa, thusa, <i>thou, thee.</i>	Sibh, sibhse,	<i>you.</i>
3.	E, i,	esan, ise, <i>he, him, she, her,</i>	Iad, iadsan,	<i>they, them.</i>
		Mi-fhéin, <i>myself</i> ; thu-fhéin, <i>thyself.</i>	iad fhéin,	<i>themselves.</i>

The Pronoun *sibh* (you) is frequently used in the Singular number instead of *thu*, as a term of respect, when addressing a person senior in age or superior in rank.

POSSESSIVE PRONOUNS.

79.	SINGULAR.	PLURAL.
	1. Mo, <i>my</i> .	Ar, <i>our</i> .
	2. Do, <i>thy</i> .	Bhur, 'ur, <i>your</i> .
	3. A, <i>his, her</i> .	An, am, <i>their</i> .

The Possessive Pronouns precede their nouns. They have (like the Personal) an emphatic form, but the strengthening particle is not closely joined to them as in the case of the Personal Pronouns.

The particle is placed after the noun which follows the Possessive Pronoun; and if an adjective follows the noun, the particle is put after the adjective—if more than one adjective, it is placed after the last.

When *mo* and *do* are followed by a word beginning with a vowel, or *f* aspirated, *o* is left out; *a* (his) followed by a vowel, or *f* aspirated, is also left out; *ar* and *bhur* take *n-* after them, and *a* (her) takes *h-*; as. *m' uan* for *mo uan*, my lamb; *'each* for *a each*, his horse; *a h-each*, her horse; *ar n-uan*, our lamb.

Mo and *do* after a preposition ending in a vowel, sometimes lose the *o* before a consonant; as, *le m' làimh*, with my hand, for *le mo làimh*; after the preposition *ann*, and the particle *ag*, *mo* and *do* are sometimes transposed into *am* and *ad*; as. *ann am làimh* (in my hand) for, *ann mo làimh*.

EMPHATIC FORM.

	SINGULAR.	PLURAL.
	1. Mo chù sa, <i>my dog</i> .	Ar cù-ne, <i>our dog</i> .
	2. Do chù-sa, <i>thy dog</i> .	Bhur cù-sa, <i>your dog</i> .
	(A chù-san, <i>his dog</i> .	
	3. (A cù-se, <i>her dog</i> .	An cù-san, <i>their dog</i> .
<hr/>		
1.	M' each bàn-sa, <i>my white horse</i> ,	Ar n-each bàn-ne, <i>our white horse</i> .
2.	D' each bàn-sa, <i>thy white horse</i> .	Bhur n-each bàn-sa, <i>your white horse</i> .
3.	{ 'each bàn-san, <i>his white horse</i> . A h-each bàn se, <i>her white horse</i> .	An each bàn-san, <i>their white horse</i> .

Mo chù fhéin, my own dog ;
M' each bàn fhéin, my own white horse, etc.

The same meaning can be expressed by changing the construction and substituting the Prepositional-pronoun *agam* for the Possessive Pronoun ; as, *an cú agam-sa* (my dog), for *mo chù-sa* ; *an t-each bàn againne* (our white horse), for *ar n-each bàn-ne*.

RELATIVE PRONOUNS.

80. The Relative Pronouns are :

A, *who, whom, which, that* ; as, am fear *a* bhuail, *the man who struck*.

Nach, *who not, whom not, etc.* ; as, am fear *nach* do bhuail, *the man who did not strike*.

Na, *what*, includes in itself the relative and antecedent, and means *that which, or the thing which* ; as, thoir dhombh *na* dh-iarr mi, *give me what I asked*.

The Relative follows its antecedent, and precedes the verb.

The Relative has no case inflection ; the context must therefore determine whether it be in the Nominative to the verb which follows it, or governed by it in the Accusative. Ex. : Am fear *a* bhuail mi, *the man who struck me, or the man whom I struck*.

DEMONSTRATIVE PRONOUNS.

81. These are :

So, *this, these* : as, am baile *so*, *this town* ; *so an gille*, *this (is) the lad*.

Sin, *that, those* : as, am fear *sin*, *that man* ; *na fir sin*, *those men*.

Sid or **sud**, **ud**, *yonder* : as, *sid am fiadh*, *yonder the deer* ; *na craobhan ud*, *yonder trees*.

So and *sin* can be used with the Third personal Pronouns, as well as with a noun ; as, *tha iad so a' tighinn*, *these are coming*.

INTERROGATIVE PRONOUNS.

82. SIMPLE.

COMPOUND.

Cia? <i>Which?</i>	Có aca?	} <i>Which of</i> <i>them.</i>
	Có dhiubh?	
Có? <i>Who?</i>	Co dhiù?	} <i>Whether?</i>
	Cia meud?	
		} <i>How many</i> <i>and how</i> <i>much?</i>
Ciod? <i>What?</i>	Có leis?	
	Dé 'n urad?	<i>How much?</i>
	Ciod è?	<i>What is it?</i>
	Có è?	<i>Who is he?</i>
	Có ì?	<i>Who is she?</i>
	Có iad?	<i>Who are they?</i>

Ciod è? in common speech is corrupted into *gu dé!* and *dé!* (What?)

Có! or *Cia!* is contracted into *C'* before *airson*, *ùine*, *àite*, as, *C' arson!* Wherefore? *C' uin?* When? *C' àite!* Where?

Co, *cia*, *ciod*, are not always used interrogotively: as interrogatives, they come first in a sentence; but in the middle or towards the end of a sentence they are used as relatives; as, *tha fhios agam có (a) bhuaill thu, I know who (that) struck you.*

INDEFINITE PRONOUNS.

83. SIMPLE.

COMPOUND.

Gach , <i>each.</i>	Cuid-eigin , <i>some one.</i>
Eigin , <i>some.</i>	Fear-eigin , <i>some person (masc.).</i>
Eile , <i>other.</i>	Té-eigin , <i>some person (fem.).</i>
Uile ,	} <i>each other.</i>
Na-h-uile ,	
A h-uile , <i>every.</i>	Cia b' e ,
Iomadh , <i>many a.</i>	} <i>Whoever.</i>
Cuid ,	
Feadhainn ,	} <i>Any.</i>
Càch , <i>others, the rest.</i>	

Eile, *éigin*, *air bith*, *sam bith*, follow their nouns.

Gach, *iomadh*, *a h-uile*, precede Singular nouns.

PREPOSITIONS

84. Prepositions are simple and compound.

Simple Prepositions govern the Dative case of nouns.

Compound Prepositions are, for the most part, made up of a simple preposition and a noun, and generally govern the Genitive case.

SIMPLE PREPOSITIONS.

Aig (ag), <i>at</i> .	Gu, gus, <i>to</i> .
Air, <i>on, upon</i> .	Gun, <i>without</i> .
Ann, anns,	Le, leis, <i>with, by</i> .
Ann am, ann an,	Mar, <i>like to, as</i> .
As, a, <i>out of</i> .	Mu, <i>about, around</i> .
Bho, o, <i>from</i> .	Ri, ris, <i>to</i> .
De, <i>of</i> .	Roimh, romh, <i>before</i> .
Do, <i>to, into</i> .	Thar, <i>over, across</i> .
Eadar, <i>between</i> .	Troimh, tromh,
Fo, fuidh, <i>under</i> .	Tre, trid,
	Ré, car, <i>during</i> .

Ann, leis, gus, ris, are used before the Article and Relative.

The preposition is generally repeated before each noun.

COMPOUND PREPOSITIONS.

85. A bhàrr, *down, from*.
 A chòir, *near to*,
 A chum, thun, *to, unto, for the purpose*.
 A dhìth, } *without, for want of*.
 A dheasbhuidh, }
 A los, *for the purpose of*.
 A réir, *according to*.
 A thaobh, *as to, regarding*.
 Air feadh, *among*.
 Air ghaol, *for the love of*.
 Air sgàth, *for the sake of*.

- Air son, *for, because.*
 Air cùlthaobh, *behind.*
 Air beulthaobh, *in front, before.*
 Air tòir, *in pursuit of.*
 An cois, }
 Am fagus, } *near to, beside.*
 Am fianuis, }
 An làthair, } *in presence of.*
 Am measg, *among.*
 An aghaidh, *against.*
 An àite, *in place of.*
 An còdhail, }
 An coinneamh, } *to meet.*
 An déigh, *after, behind.*
 An éiric, *in return for.*
 As eugmhais, *for want of.*
 Còmhla, }
 Cuide ri, } *along with.*
 Dh-ionnsuidh, *to, unto, towards.*
 Fa chomhair, *opposite.*
 Mu choinneamh, *opposite.*
 Mu 'n cuairt, *round about.*
 Mu thimchioll, }
 Mu dhéighinn, } *concerning, about.*
 Os ceann, os cionn, *above, overhead.*

THE PREPOSITIONAL-PRONOUN.

86. Prepositional-Pronouns are made up of a single preposition and a personal pronoun. They have, like the Personal and possessive pronouns, an emphatic form.

Pre-positions.	SINGULAR.			PLURAL.		
	1st	2nd	3rd	1st	2nd	3rd
Aig, at, Air, on, Ann, in, As, out of, Bho } <i>from,</i> O,	pers. pron., mi.	pers. pron., tu.	pers. pron., masc. e.	pers. pron., fem. i.	pers. pron., sibh.	pers. pron., iad.
	agam, <i>at me.</i> orm. annam. asam. bhوام. uam.	agad, <i>at thee.</i> ort. annad. asad. bhuaít. uait, u.ít.	aige, <i>at him.</i> air. ann. as. bhuaíthe. uaíthe.	aice, <i>at her.</i> oirre, uirre. innte. aísde. bhuaípe. uaípe.	agaibh, <i>at you.</i> oirbh. annaibh. asaibh. bhuaibh. uaibh.	aca, <i>at them.</i> orra. anna. asda. bhuaapa. bhuaatha. uapa, uatha.

	(diom. { dhìom.	dìot, dhìot, duit, duit, dhuìt, dhuit.	deth, dbeth, dà, dhà.	dith, dhith, di, dhith.	dinn, dhinn, duinn, dhuinn.	dìbh, dhìbh, duibh dhuibh.	dìubh, dhìubh, daibh, dhaibh.
De , <i>of, off,</i>							
Do , <i>to,</i>							
Eadar , <i>between,</i>					cadarainn.	cadaraibh.	caorra.
Fo , <i>under,</i>	fodham.	fodhad.	foidh.	foidhpe.	fodhainn.	fodhaibh.	fópa.
Gu , <i>to,</i>	h-ugam.	h-ugad.	h-uige.	h-uice.	h-ugainn.	h-ugaibh.	h-uca.
Le , <i>with,</i>	leam.	leat.	leis.	leatha.	leinn.	leibh.	leotha.
Mu , <i>about,</i>	umam.	umad.	uime.	uimpe.	umainn.	umaibh	umpa.
Ri , <i>to,</i>	rium.	riut.	ris.	rithe.	ruinn.	ribh.	riù, riutha.
Roimh , <i>before,</i>	romham.	romhad	roimhe.	roimhpe.	romhainn.	romhaibh	romhpa.
Troimh , <i>through,</i>	tromham	tromhad.	troimhe.	troimhpe.	tromhainn	tromhaibh.	tromhpa.
Thar , <i>over,</i>	tharam.	tharad.	thairis (air).	thairte.	tharainn	tharaibh	tharta.
Emphatic,	agamsa. ormsa. etc.	agadsa. ortsa. etc.	aigesan. airsan. etc.	aicese. oirrese. etc.	againne. oirne. etc.	agaibhse. oirbhse. etc.	acasan. orrasan. etc.

EXERCISE XVI.

Chaidh an sealgair agus mì-fhéin do 'n mhonadh a shealg. Dh-éirich sinn moch 's a' mhaduinn. Chunnaic sinn dà dhamh agus eilid, ag ionaltradh ann an glaic uaighnich aig taobh an ùillt mhóir. Feumaidh sinn a bhi sàmhach agus faicilleach. Tha damh mór nan cròc a' togail a chinn. Am bheil e 'g ar faicinn? Cha 'n 'eil, ach tha iad a' cluinntinn fuaim. Fan thusa 'n sin, cum a staigh na coin, agus théid mise mu 'n cuairt gu oir na coille. Ma chluinneas tu urchair, leig às na coin. Thog an sealgair an gunna r' a shùil, loisg e, agus thuit an damh mór. An do mharbhadh am fiadh? Cha do mharbhadh, ach leònadh e. Dh-éirich e rithist agus thug e am monadh air. Cho luath 's a chuala mi an urchair, leig mi às na coin. Chaill mi sealladh air, ach tha na coin air a luìg. Am bheil thu 'g am faicinn? Cha 'n 'eil ach tha mi a' cluinntinn tathunnaich nan con aig bràigh a' ghlinne. Sid an damh a' dìreadh a' bhruthaich. Tha a luaths a' dol an lughad—tha na coin a dlùthachadh air—tha e nis a' tighinn le leathad gu ceann an locha, agus a' gabhail an uisge. Leònta's mar tha e, nach math air an t-snàmh e? Gairm a staigh na coin, gheibh sinn e aig taobh thall an locha

It is getting (growing) dark, let us go home. Let us take the by-path through the wood. When will we reach the house? About seven o'clock, if we walk quickly. Are you hungry. I'm both hungry and thirsty. Will you go to fish to-morrow? I shall, if the day be suitable. Shall we bring with us the net? We shall take with us the salmon-net and the rods. Are the sails in good order? Yes, but one of the oars is broken. Shall we mend it, or get an oar from one of the fishermen? We will mend it, if we have time. What time will you be ready in the morning? I shall be ready about nine o'clock. Good night.

ADVERBS.

87. Most adjectives can be converted into Adverbs by prefixing the particle *gu* to the adjective; as, *d'ileas*, faithful, *gu d'ileas*, faithfully.

Compound Adverbs or Adverbial phrases are generally made up of the article and prepositions combined with nouns and adjectives.

Some of these Adverbial phrases, in certain circumstances, are regarded as prepositions.

Adverbs are expressive of Time, Place, Manner, etc.

The following are in common use:—

ADVERBS OF TIME.

Cian, <i>long before.</i>	An tràth so, } <i>just now.</i>
Cheana, <i>already.</i>	An dràsda, }
A chlisgeadh, <i>quickly.</i>	An toiseach, <i>first.</i>
A chaoidh, <i>for ever.</i>	An uair ('nuair), <i>when.</i>
A nis, nise, <i>now.</i>	A là, <i>by day.</i>
A ris, rithist, <i>again.</i>	A dh-oidhche, <i>by night.</i>
Ainmic, <i>seldom.</i>	A ghnàth, } <i>always.</i>
Am feadh, <i>whilst.</i>	Do ghnàth, }
Am feasd, <i>for ever.</i>	Fa dheòidh, <i>at last.</i>
Am màireach, <i>to-morrow.</i>	Fathast, <i>yet.</i>
An ceartuair, <i>presently.</i>	Gu bràth, <i>for ever.</i>
An còmhnuidh, <i>continually.</i>	Gu minic, } <i>often.</i>
An dé, <i>yesterday.</i>	Gu tric, }
An diugh, <i>to-day.</i>	Gu sìorruidh, <i>for ever.</i>
An earar (ear-thrath), <i>the day</i>	Idir. <i>at all.</i>
<i>after to-morrow.</i>	Mu dheireadh, <i>at last.</i>
An nochd, <i>to-night.</i>	Ré seal, } <i>for a time.</i>
An raoir, <i>last night.</i>	Ré tamuill, }
An uiridh, <i>last year.</i>	Riamh, <i>ever (past).</i>

ADVERBS OF PLACE.

A bhos, bhos, <i>on this side.</i>	A thaobh, <i>aside.</i>
A leth taobh, <i>to one side.</i>	A steach, } <i>within.</i>
A mach, } <i>within.</i>	A stigh, }
A muigh, }	Far (before am, an, nach), <i>where</i>
A mhàn, <i>downwards.</i>	Seachad, <i>past.</i>
An àird, <i>upwards.</i>	Sios, <i>downwards.</i>
A nall, nall, <i>to this side.</i>	Suas, <i>upwards.</i>
A null, nunn, <i>to the other side.</i>	Shìos, <i>below.</i>
A nuas, <i>from above, down.</i>	Shuas, <i>above.</i>
A nios, <i>from below, up.</i>	Thall, <i>on the other side.</i>
An sin, <i>there.</i>	An sid 's an so, } <i>here and there.</i>
An so, <i>here.</i>	Thall 's a bhos, }
An sud, <i>yonder.</i>	

ADVERBS OF MANNER, ETC.

Anabarrach, <i>exceedingly.</i>	Gu dearbh, } <i>truly.</i>
Air éigin, <i>scarcely.</i>	Gu cinnteach, }
Air leth, <i>apart.</i>	Gu léir, <i>altogether.</i>
Air seacharan, <i>astray.</i>	Gu leóir, <i>enough.</i>
A mhàin, <i>only.</i>	Le chéile, <i>together.</i>
Amhuil, <i>like as.</i>	Mar an ceudna, <i>likewise.</i>
Am bitheantas, <i>usually.</i>	Maraon (araon), <i>together.</i>
Còmhla, <i>together.</i>	Mar sin, <i>as that.</i>
Do rìreadh, <i>really.</i>	Mar so, <i>as this.</i>
Fa leth, <i>individually.</i>	Mar sud, <i>as you.</i>
Glé, ro, fìor, <i>very, truly.</i>	Mu seach, <i>alternately.</i>
Gu buileach, <i>thoroughly.</i>	Theagamh, <i>perhaps.</i>
Uidh air n-uidh, <i>gradually.</i>	

CONJUNCTIONS.

88. Conjunctions connect words and sentences.

Besides the simple conjunctions, there are conjunctive phrases consisting chiefly of simple conjunctions, combined with nouns and prepositions.

The conjunctions may be classified as follows :—

Copulative ; as, *agus*, and.

Adversative ; as, *ach*, but.

Explanatory ; as, *bho'n*, *o'n*, since.

Assertive ; as, *gu'n*, that.

Negative ; as, *nach*, that not.

The single conjunctions and conjunctive phrases are expressive of Purpose, Place, Time, Result, Condition, Comparison, Reason.

Cho, *co*, with *ri*, or *ris*, are used to express comparison : as, *tha Seumas cho sean ri Domhnall*, James is *as* old *as* Donald ; *cho geal ris an t-sneachd*, *as* white *as* the snow.

Cho sometimes takes *agus*, 'us, after it ; as, *am bi sibh cho math agus deoch a thoirt dhomh?* Will you be so good as give me a drink ?

SIMPLE CONJUNCTIONS.

Ach, *but*.

Agus, 'us, *and*.

Air neo, *otherwise*.

Bho 'n, o 'n, *since*.

Cho, co, *so, as*.

Chionn, *for, because*.

Coma, *however*.

Eadhon, *even*.

Ged, *though*.

Gidheadh, *yet, nevertheless*.

Gu 'n, gu 'm, gur, *that*.

Ma, na 'n, na 'm, *if*.

Mar, *as*.

Mu 'n, *before, lest*.

Mur, *if not*.

Na, *than*.

No, *or, nor*.

Oir, *for, because*.

CONJUNCTIONAL PHRASES.

A bharr, bharrachd, *moreover*. Ged nach, *that not*.

A chionn gu, *because that*.

Ach coma co dhiù,) *but how-*

Ach co dhiù,) *ever*.

Ged tha, { *notwithstanding*.

{ *though it be*.

Ionnus gu, *inasmuch that*.

A chum's gu, <i>in order that.</i>	Mar gu, <i>as if.</i>
A chum's nach, { <i>in order</i>	Mar nach, <i>as if not.</i>
{ <i>that not.</i>	Ma tà, matà, { <i>if so, then.</i>
Aon chuid, <i>either.</i>	Ma seadh, }
Air aobhar sin, <i>therefore.</i>	Tuille, tuilleadh, } <i>over and</i>
Air chor 's gu, <i>so that.</i>	A thuille air sin, } <i>above that.</i>
Air chor 's nach, <i>so that not.</i>	Uime sin, <i>therefore.</i>

EXERCISE XVIII.

An tì a bheir freagradh ann an cùis mu 'n cluinn e i, is amaideachd agus nàire dha e.

Mar ùbhlán òir ann an dealbhaibh airgid, tha facal a labhrar gu h-ìomchuidh.

Ciod air am bheil bunaitean na talmhainn air an daingneachadh, no có a leag a' chlach-òisinn?

An tì a dh-earbas às a chridhe féin, is amadan e; ach esan a ghluaiseas gu glic, saorar e.

Éisdidh mac glic ri teagasg 'athar.

Leis gach uile dhìchioll glèidh do chridhe; oir as a sin tha sruthannan na beatha.

A nis, uime sin, a chlann, éisdidh rium, agus na dealaichibh ri briathraibh mo bheòil.

Ach tha slighe nam firean mar an solus dealrach, a dhealraicheas na 's mò agus na 's mò gu ruig an là iomlan.

EXERCISE XVIII.

RECAPITULATORY.

Tha a' ghrian do 'n t-saoghal nàdurra, mar tha spiorad na beatha do mhac an duine. Is e a teas a tha toirt fàis do ùibhibh na machrach; agus an uair a sgaoileas i caomhalachd na glòir-maidne mu 'n cuairt di, bithidh gach creutair sunndach le a làthaireacad, suilbhir agus aighearach le a tiodhlacaibh. Le a teas éiridh mìltean de chuileagan sgiathach gu beatha. Clisgidh na h-eòin o an cadal, agus

dóirtidh iad a mach an ceileirean ceòlmhor ann an co-sheirm chiùil an uair a mhothaicheas iad a blàths. Le mèilich bheir na treudan buidheachas airson teachd na maidne ciùine, agus innsidh am buar le an àrd-gheumnaich an taingeachd. Aithrisidh na gleanntan an ceòl ceudna, agus freagraidh na cnuic do 'n fhonn. Bheir teas na gréine air gach luibh a tha air aghaidh na talmhainn fàs gu h-ùrar agus gorm còmhdaichidh e na craobhan le duilleach—a' mhachair le arbhar agus meas—na sléibhtean le buar agus treudaibh, agus cridhe an duine le gàirdeachas agus taingeachd .

Tha oibre Dhé ro-lionmhor agus iogantach. Cha 'n urrainn do chreutair cruthaichte an tuigsinn no an àireamh. Tha an cunntas os ceann gach nì air an urrainn da smuaineachadh ; agus tha an gliocas a dhealbh, agus an cumhachd a tha 'g an cumail suas, os ceann eòlas chloinn nan daoine.

“ *Leabhar nan Cnoc.* ”

IDIOMS.

89. In Gaelic there are certain phrases (peculiar to the language), the meaning of which is lost or obscured by a literal translation.

The verbs *is* and *bi*, in conjunction with prepositional-pronouns and adjectives, make up many of those expressions which are a source of difficulty to the acquirer of the language.

Bi (in all its forms), with the preposition *aig*, or with the prepositional-pronoun *agam*, etc., denotes Possession; as *tha oighreachd agam*, I have an estate; *tha sgian aige*, he has a knife; *na 'n robh taigh agam*, if I had a house.

Bi, with the preposition *air*, or with the prepositional-pronoun formed therefrom, expresses certain feelings or affections of mind and body—also indebtedness; as, *tha an t-acras orm*; I am hungry; *tha deich tasdain agam air an fhear sin*, that man owes me ten shillings (literally, I have

ten shillings on that man); *tha am fiabhrus air*, he has the fever.

Is, with the preposition *le*, or with the prepositional-pronoun *leam*, etc., denotes Ownership; as, *is leam an t-each*, the horse is mine; *co leis an leabhar?* *Is leam-sa e*; Whose book (is it)? It is mine. *Na 'm bu le Iain an cù*, if the dog were John's.

When the verb *bi*, in any of its forms, is used to affirm something between one noun or pronoun and another noun or pronoun, it requires the preposition *ann* with one of the possessive pronouns, to strengthen it; as, *tha Iain 'n a sheòladair*, John is a sailor (literally, John is in his sailor); *tha mi ann am sheasamh*, I am standing.

The verb *is* makes the assertion direct, without the aid of any particle; as, *is clèir each mi*, I am a clerk.

The preposition *ann* is used with *is* and *bi* to denote existence, and in this connection it sometimes corresponds to the English words *there*, or *here*; as, *is mise a th'ann*, It is I (literally, it is I that is in it): *am bheil thu ann?* Are you there?

To ask or deserve anything is expressed by *air*; to part with a person or thing is expressed by *ri*; as, *thachair mi air Seumas*, I met James; *an do thachair e ort?* did he meet you? *dhealaich mi ri m' airgid*, I parted with my money; *cha dhealaich mi riut gu bràth*, I shall never part from you.

The word *leth* (half) is frequently used to express one of a pair: as, *thog mi sin le mo leth-làimh*, I lifted that with my one hand (literally, with my half hand); *chì mi sin le mo leth shùil*, I see that with my one eye.

To be alone, is expressed by *leam* and *féin*; also, by *aonar*, as, *tha mi leam féin*; *tha mi 'n am aonar*, I am alone.

87. The following are a few idiomatic phrases in common use. These can be used with the auxiliary particles, as shewn in the treatment of the Verb.

- Is àill leam,)
 Is miann leam,) *I wish, or desire.*
 Is aithne dhomh, *I know.*
 Is aithreach leam,)
 Tha aithreachas orm,) *I repent.*
 Is annsa leam,)
 Is feàrr leam,) *I prefer.*
 Is beag orm, *I hate.*
 Is toigh leam, *I like, I love.*
 Is coma leam,)
 Cha mhò orm,) *I don't like, I care not.*
 Is cuimhne leam, *I remember.*
 Is dual dhomh. *It is natural to me.*
 Is duilich leamh, *I regret, am sorry.*
 Is feàrr-dhomh, *It is better for me.*
 Is fhiach dhomh, *It is worth my while.*
 Cha 'n fhiach leam, *It is beneath me.*
 Is léir dhomh, *I see.*
 Is math leam (gu), *I am glad (that).*
 Is math dhomh, *It is good for me.*
 Is mithich dhomh, *It is time for me.*
 Is nàrach dhomh, *It is a shame to me.*
 Is taitneach leam, *It is pleasant to me.*
 Is truagh leam, *I pity.*
 Is dòcha leam, *I think it probable.*
 Gabh agam, *Engage with me (for hire).*
 Gabh leam, *Side with me.*
 Gabh ort, *Feign, pretend.*
 Gabh air, *Beat him.*
 Ghabh e air fhéin, *He pretended.*
 Gabh ris, *Acknowledge, confess.*

- Ghabh e rium, *He received me.*
 Leig leam, *Let me alone.*
 Leig dhìot, *Desist, forbear.*
 Leig d' anail, *Rest yourself.*
 Mar fhiachaibh, *Incumbent upon.*
 Tog ort, *Rouse yourself.*
 Chaidh agam air, *I prevailed over him.*
 Chaidh as da, *He perished.*
 Thug e 's na buinn, *He ran off.*
 Cuir ris, *Exert yourself.*
 Feuch ris, *Try it.*
 Na bi ris, *Do not molest him.*
 Chuir mi romham, *I determined.*
 'Tha tighinn fodham, *It is my intention.*
 Thug mi air, *I compelled him.*
 Cha tig e dhomh, *It does not become me.*
 Cuir dragh air, *Trouble him.*
 Rach air d' aghaidh, } *Proceed.*
 Rach air adhart, }
 Is beag nach, } *Almost.*
 Cha mhòr nach, }
 Is mór am beud, *It is a great pity.*
 Leth na truaighe, } *Half the misery.*
 Leth na bochdainn, }
 O, mo thruaigh! *O, my misery!*
 Eirich air, *Go at it.*
 Tog dheth, *Desist.*
 Tog fonn, *Sing, or raise a song.*
 Trothad an so, *Come hither.*
 An eatorras, *In a fair or middling way.*
 Fhuair e bàs, *He died.*
 'Thàinig am bàs air, *Death came upon him.*
 Bhuail am bàs e, *Death struck him.*
 Tha 'n cadal ort, *You are sleepy.*

GAELIC READINGS.

EIRIGH NA GRÉINE.

Cha 'n 'eil aon sealladh eile air agaidh an t-saoghail gu léir a's àillidh na éirigh na gréine ! Tha briseadh na h-òg-mhaidne a' leigeil ris duinn cruthachadh ùr. Thug dorchadas na h-oidhche air falbh o'n t-sealladh an talamh a bhos agus na speuran shuas ; ach air pilleadh na maidne tha sinn a' léirsinn nàduir gu léir mar gum biodh e air ath-nuadhachadh le sgèimh dhreachmhor. Ann an camh-anaich na maidne tha neul liath-ghorm nan speur ag atharrachadh. Chithear rughadh fann a dùsgadh 'san aird-an-Ear. Tha na reultan a' teicheadh as an t-sealladh, 's a' folach an cinn. Tha àilleachd òr-bhuidh a' dìreadh nan speur uidh air n-uidh, a' toirt rabhaidh gu bheil a' ghrian a' teachd. Chithear an saoghal a' teachd a rìs 'san fhradharc 'n a làn-mhaise. Tha na neòil shuas a gabhail dath an òir a's deirge dreach. Tha na beanntan mòra a' togail an cinn le aoibhneas. Tha 'choille 'g éiridh gu dosrach ùrar. Tha na machraichean féin, fo'n driùchd ghorm a tha air gach fèirnein maoth, a' dealradh le soillse àghmhor. Ceum air cheum mar tha 'n solus a' meudachadh, tha 'n sealladh a' cinntinn na's maisiche, gus fa dheòidh o shoillse gu soillse. am bheil an aon chuspair a's glòrmhoire r'a fhaicinn, *Eirigh na gréine*. Tha 'n solus a' meudachadh, gnùis fhathail na gréine a' teachd am fradharc. Dh-éirich i nis air chùl nam beann 'n a làn-mhaise. Suas ghabh i air siubhal an àigh ann an glòir co dealrach, agus solus co boillsgeil, 's nach 'eil e'n comas sùil chruthaichte beachdachadh oirre.

Nan tigeadh an sealladh so air neach o mhuillach beinne gun fhaicinn riamh roimh gus a sin, ciod a smuainicheadh e, agus ciod a dheanadh e? Gun teagamh air bith thilgeadh se e féin sìos ann an ùmhachd iriosal, làn de urram agus de iongantas naomha, a' tairgse molaidh do 'n Dia mhór, Cruith-fhear na gréine. Cha 'n fhaodadh e gun éigheach a mach, O thusa, a Dhé ghlòrmhor! Ann an àilleachd na h-ùr mhaidne, tha mise 'g aideachadh do chumhachd, do ghliocais, agus do mhóralachd. Maille ris an riabhaig a dhírigh an diugh gu àirde nan speur, a chur fàilt' air an là, tha mise togradh a' d' ionnsuidh. Tha gàirdeachas an t-saoghail mu 'm thimchioll, agus gach beò-chreutair a ta air uachdar 'g am aomadh gu m' anam a thogail a' d' ionnsuidh le deòthas naomha. Tha 'n cruthachadh gu léir, air an àm so 'g ad mholadh; agus an è gum bi mise 'm thosd? Tabhair, O m' anam! cliù do Dhia. Ruigeadh laoidhean mo chliù na nèamhan àrda far am bheil thusa 'chòmhnuidh, a tha 'g àithneadh do 'n ghréin éiridh, agus a tha le d' laimh 'g a stiùradh 'n a h-astar àrd.

DÀN DO 'N GHREIN.

A ghrian na h-òg-mhaidne! ag éiridh
 Air sléibhtibh soir le d' chiabhan òr-bhuidh;
 'S ait ceuma do theachd air an aonach,
 'S gach caochan 's a' ghleann ri gàire.
 Tha croinn uaine ro' dhriùchd nam fras,
 Ag éiridh gu bras a' d' chómhdhail,
 Is filidh bhinn nan coillte fàs
 A' cur fàilt ort gu moch le 'n òran.

Ach c' àit am bheil ciar-imeachd na h-oidhche
 (Ro' d' ghnùis) air sgiathaibh an fhìreìn?

C' àit am bheil aig duibhre a còmhnuidh,
 'S uamh chòsach nan reulta soillse?
 Tràth leanas tu 'n ceuma gu luath,
 Mar shealgair 'g an ruagadh 's an speur;
 Thusa dire' nan aonach àrd,
 'S iadsan air faoin-bheanntaibh fàs a' leum.
 'S aoibhinn do shiubhal, a sholuis àigh,
 A sgaoileas le d' dheàrsadh, gach doinionn;
 'S is maiseach do chleachdan òir
 A' snàmh siar 's do dhóigh ri pilleadh.
 Le seachran an dall cheò na h-oidhche,
 Cha ghlacar thu 'chaoidh ann ad chùrsa;
 'S doinionn nan cuanta gàbhaidh
 Cha séid gu bràth as d' iùl thu.
 Le gairm na ciùin-mhaidne bidh d' éirigh,
 'S do ghnùis fhaoilidh a' dùsgadh gean,
 A' fògradh na h-oidhch' o gach àit,
 Ach sùil a' bhàird nach faic do sholus.

FAOGHAID AN FHÉIDH.

Bu chiùin, àillidh a' mhaduinn air an cualas tathunn
 nan gadhar ann an àird Choire Lùndai. Dhùisg am fiadh
 air a leabaidh luachrach, thog e 'cheann fiadhaich, chual' e
 an fhuaim a' tighinn air àile glan nam beann. Dh-fhàg e
 'leaba luachrach 's an lagan uaigneach aig bun nan stùc, 's
 thug e air troimh 'n aisridh chumhaing, chais, gu bearradh
 nan creag. Le 'chuinnein fiadhta 's an t-soirbheas, agus
 a chròc chabarach àrd r'a faicinn eadar iad 's fàire,
 mhothaich an t-sealg do 'n fhiadh. Sheas e car tamuill,—
 ceò glas, tana na maidne a' snàmh seachad air,—sheas an
 laoch, ag amharc, mar gu 'm b' ann, le tàir air an fhaoghaid

mhall-shiùbhlach a bha teachd air a thòir; ach co luath 's a thog iad ri uchd na sgàirnich air 'aisridh chorraich féin, thàr e as. Siùbhlar gu h-eutrom, uallach, troi'n mhòintich 's mu ghuaillibh bheann ag iarraidh dubhair, agus dìomh-aireachd na coille ann an gleann a' bharraich. Ann an làn-earbsa á 'chàil agus a luathas féin, pillear gu grad air an t-slighe cheudna, a' ruith calg-dhìreach an coinneamh na seilg. Anns gach car 'us lùb 'us iathadh, tha 'n fhaoghaid 'g a òrgachadh agus gu dian air a thòir. Thionndaidh e romhpa agus thugar as le luathas nan eang, gu dian, siùbhlach. Leagar a chròca mòra air a dhruim, agus sìnear as le luathas na gaoithe, làn-earbsach 'n a lùs féin, agus suarach mu 'n fhaoghaid fhaoin a bha 'g a ruagadh. Tha na gadhair mall, ach neo-mhearachdach air 'luirg. Troimh mhòintich 'us bhruthaichibh, troimh choille 's troimh dhoire, troimh 'n fhrìdh uile, gu seasmhach neo sgìtheil, faic iad air a luirg. Tha e 'n an sealladh, chual' e 'n tathunn, agus thug e as le luathas ùr. Faic e 'n a dheann-ruith sìos troi'n choire, a mach troimh bheallach nan bò, nunn troimh shlochd nan sionnach, suas ri uchd a' mhill àird, agus fad-dheòidh, gabhar fasgadh agus tàirngear 'anail ann an doire na Beinne-móire. Ach ciod so an fhuaim tha 'g a ruigheachd? Feuch an fhaoghaid a nis gu teann a' dlùthachadh! Air a luirg tha gach gadhar a' ruith; agus tha mac-talla o gach creig a' freagairt d' an tathunn. Ghabh am fiadh mór-eagal, agus teichear air tòir na greigh. Am measg chàich, air leis gum biodh e tèaruinte, ach iadsan, suarach mu'n chor anns am faic iad e, seachnaidh e agus fògraidh as a' ghréigh e gu tur. Air a thréigsinn le gach aon, agus fuaim nan gadhar 'n a chluais, tha e fo uamhas, tha e 'clisgeadh, tha e 'togail air a rithist, agus le uile luathas agus lùs nan eang, tha e 'teicheadh 's gun fhios c'àite. Tha 'chàil, a chridhe, a spiorad uile anns an t-siubhal. Mo thruaighe! 's dìomhain a shaoth-air. Tha tathunn na h-oillt a' dlùthachadh, tha iad 's an t-sealladh, dh' fhalbh a mhisneach, tha 'chàil air fannachadh,

thainig a luathas gu moille. Faic e 's an lagan ud thall a' saothreachadh tro'n àllt le ceum anmhunn, le gluasad na crùbaiche. Tha uaislean na seilg, tha luchd na faoghaid a' mothachadh dha so, éisd an iolach àrd! tha beothachadh ùr ann an tathunn nan gadhar—tha iad aige! ciod so nì e? Cha 'n 'eil fàth dòchais. Fo chuthach theich an t-eagal, thionndaidh an laoch cabrach, 'an taic stuic seana chraoibhe dharaich: seasar, 's cuirear an fhaoghaid uile gu dùlan. Faic a cheud ghadhar glas a rainig e, air bàrr a chròice, éisd donnalaich nan con! —tha 'm fraoch dearg le 'm fuil, 's tha ladhar an fhéidh a' saltairt 'n an gaorr: tha 'dhòchas a rithist air dùsgadh, thug e aon chruinn-leum àrd thairis orra agus a mach uapa fhuair e: ach mo thruaighe! b'i so an oidheirp mu dheireadh, tha iad fhathast 'n a dhéigh, cha 'n 'eil tèaruinteachd dha air tìr; leigear e féin a mach air na t sruth agus gabhar gu snàmh. Bha eilean bòidheach coillteach a mach o thir, agus deanar g'a ionnsuidh; rainig e'n tràigh' air a chlaoidh gu goirt, gun chàil gun mhisnich a' feitheamh na faoghaid—faic e a' fannachadh le sgìos, agus ag ospagaich le geilt. Tha 'n t-sealg dlùth: thogadh caithream na buaidh; tha 'n deur nach robh riamh roimhe air an t-sùil, a nis a' tuiteam; tha e 'gabhail aon sealladh eile air a' choille 's air an doire air an robh e eòlach, 's a thaoghail e ann an làithibh a shonais. Slàn leò gu bràth!—A chaoidh cha siubhail e iad; tha luchd a chasgairt a nis r'a thaobh; stri cha 'n 'eil 'n a chomas: tha 'm buille dol g'a bhualadh: ach cò è uasal an àigh a tha le aon fhacal a' smachdachadh na faoghaid? Cò è tha tighinn a nios 'n a dhian-ruith, tha 'faicinn an fhéidh, tha 'gabhail truais? Cò è a tha gairm, *Leigibh as e!* Faic gach gadhar air a cheangal suas: tha luchd na seilge balbh, 'n an tosd: tha cead nam beann aig an fhiadh: tha saorsa agus sìth, fasgadh agus tèaruinteachd a nis 'n a shiubhal 's 'n a ghluasad! Ach cò è an t-uasal àrd? Thà an Rìgh d'am buin a' bheinn—Rìgh na dùthcha, 's e thubhairt, “Caomhnaibh an fiadh; thugaibh saorsa dha!”

CEAD DEIREANNACH NAM BEANN.

Bha mi 'n dé 'm Beinn-dòrain,
 'S 'n a còir cha robh mi aineolach,
 Chunna' mi na gleanntan,
 'S na beanntaichean a b' aithne dhomh ;
 B'e sin an sealladh éibhinn,
 Bhi 'g imeachd air na slèibhtibh,
 'N uair bhiodh a' ghrian ag éiridh,
 'S a bhiodh na féidh a' langanaich.

B' aobhach a' ghreidh uallach,
 'N uair ghluaisleadh iad gu farumach,
 'S na h-éildean air an fhuaran,
 Bu chuannar na laoigh bhallach ann ;
 Na maoslichean 's na ruadh-bhuic,
 Na coilich dhubh' 'us ruadha,
 'S e 'n ceòl bu bhinne chualas
 'N uair chluinnt' am fuaim 's a' chamhanaich.

'S togarrach a dh' fhalbhainn
 Gu sealgaireachd nam beallaichean,
 Dol moch a dhìreadh garbhlaich,
 'S gu 'm b' anmoch tigh'n gu baile mi ;
 An t-uisge glan 's am fàileadh
 Th' air mullach nam beann àrda,
 Chuidich e gu fàs mi ;
 'S e rinn domh slàint' 'us fallaineachd.

Fhuair mi greis a m' àrach
 Air àireanaibh a b' aithne dhomh,
 Ri cluiche, mire, 's mànran,
 'S bhi 'n caoimhneas blàth nan caileagan ;
 Bu chùis an aghaidh nàduir,
 Gu 'm maireadh sin an tràth-s' ann,
 'S e b' eigin bhi 'g am fàgail
 'N uair thainig tràth dhuinn dealachadh.

Nis o'n bhuail an aois mi,
 Fhuair mi gaoid a mhaireas domh,
 Rinn milleadh air mo dheudach,
 'S mo léirsinn air a dalladh orm ;
 Cha 'n urrainn mi bhi treubhach,
 Ged a chuirinn feum air,
 'S ged bhiodh an ruaig a'm dhéigh-sa,
 Cha dean mi ceum ro chabhagach.

Ged tha mo cheann air liathadh,
 'S mo chiabhagan air tanachadh,
 'S tric a leig mi mial-chu
 Ri fear fiadhaich. ceannardach ;
 Ged bu toigh leam riamh iad,
 'S ged fhaicinn air an t-sliabh iad,
 Cha téid mi nis g'an iarraidh,
 O'n chaill mi trian na h-analach.

Ri àm dol anns a' bhùireadh,
 Bu dùrachdach a leanainn iad,
 'S bhiodh uair aig sluagh na dùthcha,
 Toirt orain ùr 'us rannachd dhaibh :
 Greis eile mar ri càirdean,
 'N uair bha sinn anns na campan,
 Bu chridheil anns an àm sinn,
 'S cha bhiodh an dram oirnn annasach.

'N uair bha mi 'n toiseach m'òige,
 'S i ghòraich a chum falamb mi ;
 'S e fortan tha cur óirne,
 Gach aon ni còir a ghealladh dhuinn ;
 Ged tha mi gann de stòras,
 Tha m'inntinn làn de shòlas,
 O'n tha mi ann an dòchas,
 Gu 'n d' rinn nìgh 'n Deòrs' an t-aran domh.

Bha mi 'n dé 's an aonach,
 'S bha smaointean mór' air m'aire-sa,
 Nach robh 'n luchd-gaoil a b'àbhaist
 Bhi siubhal fàsaich mar rìum ann.
 'S a' bheinn—is beag a shaoil mi,
 Gu 'n deanadh ise caochladh ;
 O'n tha i nis fo chaoraich,
 'S ann thug an saoghal car asam.

'N uair sheall mi air gach taobh dhìom,
 Cha 'n fhaodainn gun bhi smalanach,
 O'n theirig coill 'us fraoch ann,
 'S na daoine bh' ann, cha mhaireann iad :
 Cha 'n 'eil fiadh r'a shealg ann,
 Cha 'n 'eil eun no earb ann ;
 Am beagan nach 'eil marbh dhiubh,
 'S e rinn iad falbh gu baileach as.

Mo shoraidh leis na frithean,
 O's miorbhailteach na beannan iad,
 Le biolair uaine 'us fìor-uisg',
 Deoch uasal, rìomhach, cheanalta ;
 Na blàran a tha prìseil,
 'S na fàsaichean tha lìonmhor,
 O's àit' a leig mi dhìom iad,
 Gu bràth mo mhìle beannachd leo !

SEALLADH O MHULLACH BEINNE ANN AN EARRA-GHAEL,
 MU DHOL FODHA NA GREINE.

O'n is cuimhne leam beathach no duine, b'e mo thlachd a bhi siubhal nam beann ; agus is minic a ghabh mi sealg-airreachd mar leisgeul, chum an srath fhàgail, agus farsuingeachd a' mhonaidh a gabhail fo m' cheann. Tha toileachas-inntinn r'a fhaotainn air mullach beinne àird, leis an t-sealladh fharsuing a tha uaithe air muir agus air tìr-mór ; nach fhaod

gun àrdachadh inntinn a dhùsgadh a tha air dòigh àraidh taitneach agus tarbhach. 'S ann uaith so tha e tachairt, gu bheil spéis mhór aig gach aon do 'n bheinn is dlùithe do 'n àite 's an d' fhuair e 'arach,—bàigh a leanas ris fhad 's is beò e; agus thigeadh e dhachaidh á Innsibh na h-àird an Ear no 'n Iar, cha bhi e 's a' choimhearsnachd gun togradh a dh' ionnsuidh an àite anns an d' fhuair e, air leis, a cheud bheachd air farsuingeachd an t-saoghail; agus bithidh e déigheil mar an ceudna air 'eòlas ath-ùrachadh air gach glaic agus coire a b' àbhaist da thaghall 'n a òige, 'n uair bu lùthmhor a cheum, agus a bu bheag a bha 'n saoghal a cur air a chridhe de chùram. B' àluinn an là ann an céitein an t-sàmhraidh, 'n uair a dh' fhalbh mi gun duine maille rium, le rùn fìor-mhullach na beinne a ruigheachd, agus sealladh fhaotainn air dol fodha na gréine. Bha 'n là 's an àm sin 'n a fhad 's 'n a bhlàths: bha gach eun a' seinn aig beinn 's aig baile, agus obair na cruitheachd fo shòlas. Dhìrich mi o ghuala gu guala, o choire gu coire, gus an d' ràinig mi an t-àite 's an robh an àiridh ri m' cheud chuimhne: bha làraichean nam bothan fathast r' am faicinn: bha crò nam meann 'n a tholman uaine, an t-sòbhrach 's an neòinein a fàs air. B' aighearach an sùgradh a b' àbhaist a bhi 'n so moch-thrath agus feasgar an àm bleodhan na spréidhe. Bha 'n t-àlltan beag a' siubhal gu sèimh troimh 'n àilein, le torman co tùchanach 's bu ghnàth leis. Shuidh mi car tamuill air a' bhruaich ag iarraidh fionnachd 'n a bhraonaibh tlàtha. Cha deachaidh mi seachad air aon tobar a chaisg iota m' òige gun fheuchainn, no air eas no leum-uisge gun seasamh air an cùl a dh' fheuchainn an robh co liutha bogha-frois r'a fhaicinn 's a b' àbhaist. Mar so chaidh mòran de 'n latha seachad, ach ràinig mi fa dheireadh mullach na beinne. Shuidh mi 'm fàsadh an liath-chuirn a bh' air a mullach, agus dh' amhairc mi air an dùthaich mu 'n cuairt—

B' àluinn a beinnean 's a srathan;

B' éibhinn dath a gleanntan.

Bha tìr-mór na dùthcha ri m' chùl, ach bha mach calg-dhireach m' am choinneamh a' chuid bu mhò de Innse Gall, an cuan mór le 'chaoil 's le 'loingeas, agus a' ghrian ghlòrmhor féin a' teàrnadh o àirde nan speur ann an àilleachd an fheasgair.

Cha robh eilean eadar Caol-Ile mu dheas, agus an Caol-Sgiathanach mu thuath ; cha robh sliabh eadar Beinn-an-òir an Diùra agus a Chuilinn ann an Eilean-a-Cheò, nach robh gu soilleir a' m' bheachd. Bha Muile dorcha, le 'chaol-mara mar abhuinn àluinn ag iathadh mu 'n cuairt da, dìreach fo m' shùil. Bha I nan deòradh le 'làraichibh briste, ann an uaigneas sàmhach r'a thaic ; Staffa ainmeil le uamh nan tonn mar dhuradan beag a mach air an fhairge ; Tìrì ìosal an eòrna.—Còla creagach,—Eig, le sgòrr ri speur,—'s an t-Eilean Sgiathanach, ban-rìgh an iomlain ; agus a mach air an cùl gu léir, ann an iomall na rioghachd, an t-Eilean Fada mar mhìle sgeir, ag éiridh air aghaidh a' chuain, smùid ghàirdeachais ag éiridh o gach aon diubh, 'n uair bha 'ghrian a' siubhal seachad os an ceann, 'g am fàgail mìle de mhìltibh 'n a déigh. Bu dìomhain oidheirp a thoirt air a' choi'-lion smuain a bha taitneach, agus, tha dòchas agam, a bha tarbhach, a dhùisg suas leis an t-sealladh so. Air a leithid so a dh' àm cha ruigear a leas an inntinn a chumail fo smachd. Bu shona a bhiodh daoine nan giùlaineadh iad, an measg ùinich agus othail na beatha so, càileigin de 'n aigne mhaith sin, a tha uaigneas agus sàmhchair a shamhuil so de àite a' tàrmachadh. Oir, gu cinnteach, mar a's mò a thàirngeas sinn air falbh o iorghuill an t-saoghail so, 's ann a's mò a ruigear sinn air an fhonn spioradail sin, trid am bheil an t-anam air a chur air ghleus gu co'-chomunn àrd a chumail r'ar n-Athair nèamhaidh. Nam bu mhath leinn biasad air an aoibhneas so, cha bu neo-iomchuidh dhuinn air uairibh comunn an t-saoghail so fhàgail, agus a ràdh ris gach imcheist bhuaireasach a bhuineas dha, mar thubhairt Abraham r'a òganaich, f'anaibhse 'an so, agus théid mise suas a thairgse na h-ìobairt.

Bha 'ghrian a téarnadh gu luath; bha dath an òir air aghaidh nan speur; bha a leadan àillidh cheana 's a' chuan, agus an fhairge, mar gu 'm b' ann, a' dùnadh mu 'n cuairt dhi. Is blasd' a' chainnt a chleachd Bàrd na duthcha so fèin, 'n uair bha 'n sealladh so aige, 's ma dh' fhaoidte, o'n mhullach cheudna, mar chi sibh 's an dàn a leanas. Ach bu dall sinne mur gabhamaid beachd a b' àirde air an t-sealladh so, na dh' fhaodhadh esan fhòghlum o thuigse nàduir. An ti nach mothaicheadh o'n t-sealladh so glòir an Tì naoimh a chruthaich a' ghrian, agus a sgeadaich an saoghal le 'uile àilleachd, bu bhochd, gu dearbh, a chor, agus cha chulaidh-fharmaid a chridhe; oir, gu deimhin, bu ghlórmhor an taisbean a bha 'n so air cumhachd agus maitheas Dé. A bhi mothachadh do 'n ghàirdein thréun sin air am bheil an domhan crochta, a' fosgladh air an dara làimh dhiom dorsa na h-oidhche do 'n ghréin, 'g a cur a mach a shoillseachadh taobh eile 'n t-saoghail, 's a dhùsgadh nam mìltean as an suain: 's a bhi faicinn a' ghàirdein cheudna a' togail na gealaiche dhuinne 'n a h-àite, an robh e comasach gun éigheach a mach, Is glórmhor thusa, O Dhé uile. bheannaichte! tha nèamh agus talamh làn de d' ghlòir, a Thigh-earna nam feart; tha thu toirt dhuinne gach beannachd 'n a thràth, agus cha 'n 'eil thu, air àm sam bith, 'g ar fàgail fo an-dòchas no dìth! Chaidh a' ghrian fodha, agus shaoileadh tu gu 'n robh an saoghal a' caoidh: bha 'n drùchd tròm, mar dheòir na h-oidhche 'n a déigh, a' braonadh gu làr. Dh-fhalbh a' ghrian, ach bha fathast àirde nan speur air an òradh le gathannaibh àghmhor, a' lubadh a nuas gu fann fathast air an t-saoghal, 's 'g a bheannachadh le eadar-sholus an anmoich. Bha 'n ceò a' sgaoileadh sìos air an leacainn, agus bha 'n t-am dhomh nis am monadh fhàgail. Bu bheannaicht' an t-sàmhchair a bha mach air feadh an domhain; bha còrr fhuaim ann, ach cha bu chulaidh-eagail no uamhais iad,—torman nan allt, mar bha iad a' tuiteam leis an aonach o chreig gu creig,—sgriach na

h-iolaire, 's i 'g itealaich air bile na creachainn, ag iarraidh a h-àil air aisridh chorraich; an fheadag ghuanach o thòm gu tòmh; gogail a' choilich-ruaidh 'g am dhoichioll o'n bheinn; a' chearc a' gairm a h-àil fo sgeith, agus miogadaich nan gabhar ag iarraidh nam meann. O! cia lionmhor mìle bèò-chreutair air feadh an t-saoghail, smuainich mi, a bha, 's a' cheart àm so a' dol gu tàmh fo shùil-choimhead an Fhreasdail sin a bha faireadh thairis orra, agus a dh'uidheamaich àite tàimh do gach aon aca fa leth. Tha sùilean nan uile ort, O! Dhé; tha thu toirt daibh gach sochair 'n a thràth. Agus ma tha Dia mar so a' buileachadh orrasan na h-uiread de chùram, an dean e dearmad air mac an duine? "Feuch," a deir Criosd, "eunlaith an adhair; cha chuir iad, agus cha bhuaibh iad, agus tha Dia 'g am freasdal; agus nach fèarr sibhse gu mór na iadsan!" Éisd so, O! thusa air bheag creidimh; giùlain na smuaintean so leat do d' leabaidh; earbh thu féin ri Dia, leis an dòchas a tha 'g éiridh uatha, is bithidh do chadal taitneach.

DO 'N GHRÉIN 'AN ÀM LAIDHE.

An d' fhàg thu gorm astar nan spéur,
 A mhic gun bheud, 'us òr-bhuidh' ciabh?
 Tha dorsan na h-oidhche dhuit réidh,
 Agus pailliun do chlos 's an Iar.
 'Thig na tonna mu 'n cuairt gu mall,
 A choimhead fir a's gloine gruaidh;
 A' togail fo eagal an ceann:
 Ri d' fhaicinn co àillidh a' d' shuain,
 Theich iadsan gun tuar o d' thaobh.
 Gabh-sa cadal ann ad uaimh,
 A ghrian, 'us pill o d' chlos le h-aoibhneas.
 Mar bhoillsge' gréine 's a gheamhradh
 'S e ruith 'n a dheann le raon Lèna,
 Is amhuil sin làithe nam Fiann,

Mar ghrian eadar-fhrasach a' tréigsinn.
 Dh' aom neòil chiar-dhubh nan speur,
 'Us bhuin iad an deò aoibhinn o'n t-sealgair :
 Tha lom-gheugan na coill' a' caoidh ;
 'S maoth lusrach an t-sléibh a' seargadh ;
 Ach pillidh fathast a' ghrian,
 Ri doire sgiamhach nan geug ùr,
 'Us ni gach crann 's a' chéitein gàire
 'G amharc 'n àird ri mac nan speur.

SGEUL MU CHOIRE-NA-SÌTHE.

Thachair dhomh (a deir fear eòlais o'n d' fhuair sinn an sgeula), bhi siubhal, o chionn beagan bhliadhnaichean, troimh Gharbh-chriocha na Gaeltachd, troimh mhonaidhean fiadhaich, far nach robh aon rathad, 'n uair a thuit domh, air feasgar samhraidh, bhi air mo chuairteachadh ann an ceò dùmhail, 'n uair bha mi gabhail ath-ghoirid thairis air guala beinne, cho àrd 's a bha 's an dùthaich. Mar bha àgh orm, bha fear-cuairteachaidh nan crìochan farsuing sin maille rium 's an àm, a thug mi leam gu m' sheòladh gu bearradh àrd, as am faicinn sealladh air a' ghleann chum an robh mi dol. Fada mu 'n d' ràinig sinn am bearradh so, thuit an ceò co dùmhail, 's gu 'm b' amaideach smuaineachadh dol n'a b' fhaide air ar n-aghaidh. Bha Eachann Ruadh, saighdear a bha maille rium, 'n a dhuine tuigseach ; bha e fada 's an arm : chuir e suas an cota-dearg fo 'n Cheanard urramach sin Ailean an Earrachd. Bha e maille ris ann an iomadh cath cruaidh, agus b' fhiach e éisdeachd gach sgeul a bh' aige mu gach sealladh déistinneach a chunnaic e. 'N uair a thuig e nach robh e tèaruinte imeachd n' a b' fhaide air bile nan sgàirneach a bha fodhaint, threòraich e mi gu bun na frithe, far an robh ionad dìonach 's am faodamaid fuireach gu maduinn. 'N uair a bha sinn a' téarnadh, dh' fheòraich mi dheth an robh na creagan a bha 'n a bheachd fada uainn.

“Tha creagan na’s leòir far am bheil sinn, agus tha uamh fhasgach goirid o’n àite so,” ars’ esan; “ach ’s coma leam iad, tha e co math dhuinn an seachnadh. ‘S e so.” a deir esan, ann an guth ìosal, mar gu ’m biodh e cagarsaich a’ m’ chluais, “’S e so Coire-na-Sithe; agus, a dh’innseadh na firinn, b’ fhéarr leam a bhi fliuch leis a’ cheò, na fasnadh iarraidh anns na h-àiteachaibh grannda sinn.”—“Cha ’n fhaod e bhith,” thubhairt mi ris, “gu bheil thusa, Eachainn, a’ creidsinn a leithid sin de dh-amaideachd; gun teagamh cha ’n ’eil thu ach ri feala-dhà.”—“Feala-dhà ann no as,” deir esan, “is coma leam iad; mar thubhairt an seann duine, Fhad ’s a dh’ fhuiricheas an t-olc uainn fuiricheamaid uaithe. Thig air d’ adhart, tha sinn dlùth do Uamh na h-ochanaich; ach beannachd ’n an siubhal, ’s ’n an imeachd. ’s i ’n nochd Di-h-aoine, ’s cha chluinn iad sinn.”

Thug mi air seasamh car tamuill, ’s thòisich mi air cur an céill da faoineachd a leithid sin de smuantibh. Chual’ e mi gu deireadh, gun stad a chur air mo sheanachas; ach a socrachadh a bhreacain thar a ghualainn, ’s a’ toirt sgrogaidh a nuas air a bhoineid, ghreimich e n’ a bu tinne am bata bha ’n a làimh, agus thug e ceum air aghaidh, ag ràdh, “Bi bruidhinn an dràsta, éisdidh mi riut am màireach; gabhamaid seachad air an àm; cha ’n àite so gu móran seanachais a labhairt.”—“Dean stad, Eachainn,” thubhairt mi ris, “tha mi cur romham an oidhche chur seachad ann an Uamh na h-ochanaich,—fuirich leam, ’s na fàg mi. Ach ma tha eagal ort”—“Eagal!” ars’ Eachunn, ’s e tionndadh air a shàil; “bi air d’ earalas, a dhuine chòir, agus tagh do chainnt; ged nach tig dhòmhs’ a ràdh. ’s tu féin a’ cheud fhear a chuir eagal as mo leth.” “Tha mi ’g iarraidh maitheanais,” thubhairt mi ris; “thig leam do’n uaimh, agus feuchaidh sinn ciod a th’ agad ann an luib do bhreacain, ’s ni sinn réite.”—“Théid mi leat,” ars’ an saighdear còir, “agus fuirichidh mi leat, ged a bhiodh e làn de na Frang-aich, gun teachd air na creutairibh leibideach, faoin sin,

nach 'eil, 's ma dh' fhaoidte ann idir, ged tha leithid de sheanachas mu 'n timchioll." Bha sinn a nis aig beul na h-uamha, agus sheas Eachann Ruadh. "Sin i agad a nis," a deir e; "'s urram na h-uaisle do 'n choigreach, gabh air d' adhart." Chaidh sinn a stigh fo dhìon, agus shuidh sinn air a' cheud chloich chothromaich a fhuair sinn. Cha robh mo chompanach ro dheònach air móran cainnte: bha e sgioblachadh a bhreacain, 'n uair a ghrad thog e 'cheann mar gu 'm buaileadh peileir e. "Ciod e so?" a deir e, 's e farcluais: "mur creid thu mise, creid do chluasan." Thàinig a nuas oirnn 's a' cheart àm sin ceòl tiamhaidh, binn, nach d' fhiosraich mi éisdeachd r'a leithid riamh roimhe; agus bha dearbh fhios agam nach b' ann o aon inneal-ciùil a b' aithne dhomh a thàinig e. Cha 'n fhaodadh so gun mhór ìoghnadh a chur oirnn: bha 'n oidhche dorcha; bha 'n t-àite ùdlaidh uaigneach; bha sinn fada o thigheadas dhaoine, a measg garbhlach chreag, ann an coire fiadhaich. Eagal cha robh orm, oir bha mi làn-chinnteach gu 'm bu cheòl saoghalt' a bh' ann, agus chur mi romham na 'm b' urrainn domh, fhaotainn a mach cia as a thàinig e. "An téid thu suas leam, Eachainn?" "Théid," ars' esan, 'us e cur seachad na bha e toirt as a' bhreacan: "'s minic a thachair e mar so féin, eadar am bile's an deoch. Shaoilinn gu 'm biodh e co math fuireach gu maduinn; ach coma co dhiùbh, gabh air d' aghaidh, leanaidh mis' thu; ach cuimhnich am fear a théid 's an dris, gun iomair e teachd as mar a dh' fhaodas e." Ghabh sinn suas,—am feadh a bha an ceòl a' sìor fhàs n' a b' àirde: fa dheireadh, thàinig leus soluis oirnn: sheas Eachann beagan air-deireadh, 's 'n uair a chaidh mi timchioll stùchd creige, chunnaic mi sealladh nach téid gu luath as m'aire. Dh' fhan mo chòmpanach far an robh e, theagamh a' smuaineachadh gu 'm faca mi tuillidh 's a bu mhiann leam. Bha lasair chridheil theine aig ceann shuas na h-uamha o ghiuthas seachdta a bha pailt mu 'n àite; agus 'n a shuidhe aig an teine bha leth-sheann duine làidir

colgarra, currachd àrd molach air a cheann, anns an robh dos de ite an fhèin, agus a chóm uile air a chòmhdachadh le béin fhiadh agus earb. Bha làn shealladh agams' air-san, ged nach b' urrainn dhà-san mis' fhaicinn. Bha e cluiche gu sùrdail air dà thruimb mhóir Abraich, a bha air an deanamh 's an àm sin gu h-ealanta, dlùth do sheana chaisteal dubh Inbherlòchaidh. An crochadh ris gach meur d'a lamhan, bha clag beag airgid a rinn fuaim anabarrach binn, agus o'n do thàrmaich a' cho-sheirm a chuir ormsa na h-urrad iongantais, agus na 'm faoidte ràdh, a chuir mo chompanach fo eagal co mór. "Thig air d' adhairt," thubhairt mi gu sàmhach ri Eachann. "Am bheil iad an sin?" thubhairt e. "Am bheil iad a' dannsadh 's an t-solus, no ri fleadhachas cuirme?" Dh-lùthaich e gu sgàthach ri m' thaobh, agus air dha a' cheud phlathadh fhaicinn de' n fhear-chiùil, thug e sitheadh seachad orm, a' glaodhaich a mach le aighear nach b' urrainn da cheannsachadh, "Iain mhóir nan creag, an tusa tha 'n so? Mo bheannachd air do cheann molach, 's mi tha toilichte d' fhaicinn!" Dh-éirich Iain bochd, 's chuir e fàilte oirnn, a' tilgeil tuillidh mhaidean air an teine. Shuidh sinn mu 'n cuairt air a' chagailt: agus dh-aidich Euchann còir, oir cealg cha robh 'n a chóm, nach b' urrainn da gu bràth a bhi co taingeil 's a' bhuineadh dha, airson nach d' fhuair e cead tilleadh, mar bha rùn air 'n uair a chual' e'n ceòl. "Is ioma sgeul," thubhairt e, "a chuala mi riamh mu Choire-na-sìthe; 's nam bithinn a nochd air tilleadh gun so fhaicinn, bha mo sgeula féin chum an dearbhadh. Cha tugadh am ministear féin orm a chreidsinn nach robh na daoine-beaga ann an Uamh na h-ochanaich." Dh-fheòraich mi dheth, an robh da rìreadh eagal air? "Eagal!" deir esan, 's e suathadh air falbh an fhallais fhuair a bha fathast air a ghnùis; "air nàile bha, 's gu leòir dheth, barrachd 's a bha riamh orm a' dol sìos do 'n bhlàr le Ailein an Earrachd: ach ma bha, cha bhi tuillidh mu 'n ghnòthuch cheudna."

Tha so a' leigeil ris duinn cia co faoin an nì o'n éirich

seanachas dùthcha mu ùi bha iad gnàthaicht' a chreidsinn : agus nan rannsaicheadh daoine gu mionaideach mu 'thim-chioll, thuigeadh iad gur e bh' ann, an àite a bhi 'n a chuis-eagail, culaidh-àbhacuis agus fearas-chuideachd.

Fhuair mi mach o Eachann eachdraidh an duine bhochd so a bha 's an uaimh. Bu neò-dhuine gun mhath gun mhilleadh e : a nuas o 'òige, ged a bha e gun mhóran toinise no tuigse, bha e'n a sheòl féin fo chàileigin de mheas 's an dùthaich. Bha e eòlach air aisridh chumhang an fhéidh 's na h-earba, 's b'e 'thoileachas-inntinn an fhaoghaid a lean-tuinn le òigrìdh na tìre. Cha robh bearradh no bealach, no aithghearradh troimh mhonadh, no beul-àtha air abhainn, no càrn, no garaidh, air nach robh e mion eòlach. Rè an t-samhraidh b'i uamh nan creag a chòmhnuidh : ghluais e o àiridh gu àiridh, 's cha deachaidh e riamh air falbh falamh o a h aon diubh. Cha bhiodh e gun lòn fhad 's a bhiodh dearc air tom, meas no cnothan ann an coille : cha 'n fhàilnicheadh a leaba, am feadh 's a gheibheadh e fraoch badanach gorm, a fàs gu dosrach anns gach àite : agus mar thubhairt e féin, bha a chuid tromb soirbh r' an gleusadh.—Bha 'dhachaidh anns gach àite far an luidheadh a' ghrian air ; agus còmhladh cha do dhruideadh riamh air. Cha robh 'mhàileid doirbh r'a giùlan, cha robh innte ach a' chlach theine agus am fada-spuinge,—sgian dubh a dh-fhionnadh nam fiadh,—ribe a ghlacadh an fhìrein, agus cromag iaruin a lubadh nan geug. Ach ma bha 'n duine bochd so air bheag eòlais, bu taitneach r'a fhaicinn an t-saothair a ghabh a phàrantan air ann an làithibh 'oige. Ghabh e dhuinn móran de laoidhibh agus do dhànaibh naomha : rinn e so le urrad chràbhaidh, agus air dòigh a bu stòlda na iomadh fear a b' fhaide leughadh. Sheinn e iad le fonn tiamhaidh muladach, 's e ri turaman air ais agus air aghaidh, a rainig mo chridhe. Mu 'n do leag e a thaobh ri làr, dh-earb se e féin ri Dia. Allabanaich bhochd ! thubhairt mi rium féin, caidil gu tearuinte, gabhaidh Dia cùram dhìot. Truagh 's mar

tha thu ann am beachd at t-saoghail, tha thu co prìseil 'n a shealladh-san ris an rìgh a's mò air thalamh. Is lionmhor iad a t'na air an oidhche nochd air an dìteadh leat, d' an d' thug Dia tuigse, fiosrachadh, agus fòghlum, a tha luidhe sìos air an leapaichibh rìomhach, gun suim dhàsan a tha os an ceann, o 'm bheil iad a' sealbhachadh gach beannachd.

DÀN AN DEIRG.

'S la dhuinn a' fiadhach na Leana,
 Chunnas loingeas bréid-gheal crannach :
 Shaoileas gu 'm b'è Lochlann a dh' éirich,
 A thoirt Chrimin' air éigin thairis.
 Sin 'n uair thuirt Conan crìon,
 " 'S coma leam strì gun fhios c' arson ;
 Feuchaibh an toiseach le suim
 Ciod an rùn am bheil dhuinn a bhean.
 Deargamaid falluinn a fir
 'Am fuil tuirc 's an fhireach àrd ;
 Giulaineamaid e ris an riochd mairbh,
 'S chì sibhse ma 's fìor a gràdh."
 Dh' éisd sinne, 's b' aithreach leinn,
 Comhairle Chonain a' mhi-àigh.
 Ìleag sinn an torc nimhe borb
 Anns a' choillidh dlù do 'n tràigh.
 "Cumaibh riums' e," deir Conan crìon :
 " 'S d'a dhìth, mo làn h, gu 'm bi 'n ceann.
 C'hòmhdach sinn Dearg leis an fhuil,
 'S thog sinn air ar muin an laoch ;
 A rìgh ! bu tiamhaidh trom ar ceòl
 'G a ghiùlan an cò-dhail a ghaoil.

Ruith Conan le bian an tuirc
 (Bha e tìtheach chum uile a ghnà)—
 “Le m’ lann thuit an torc a lot d’ fhear,
 ‘N uair bhrist a shleagh air chum fàs !”
 Chuala Crimin’ an sgeul ;
 ‘Us chunnaic i ’n cruth éig a Dearg ;
 Dh’ fhas i mar mheall éigh ’s an fhuachd,
 Air Mora nan cruaidh learg.
 Tamull dhi mar sin ’n a tamh,
 Ghlac i ’n a laimh inneal ciùil.
 Mheath i gach crì ; ach cha d’ fhuiling
 Sinn do Dhearg e chorrach’ air uilinn.
 Mar bhinn-ghuth eala ’n guin bàis,
 No mar cheòlan chàich mu ’n cuairt di,
 A’ gairm an taibhse bho loch nan nial,
 ‘G a giùlan air sgiathaibh gaoithe ;
 B’ amhuil sin caoidh Chrimine,
 ‘S a Dearg ’n a shìneadh dlù dhi.

CAOIDH CHRIMINE.

“G thaibhse ! bho àirde nan nial
 Cromaibh a dh’ iarraidh ’ur Deirg ;
 ‘Us thigibh, òighean an Trein, o’r talla,
 Le ùr-fhalluinn leibh do m’ ghradh.
 “C’ uime, Dheirg, an robh ar crì
 Air an sniomh co dlù ’n ar com ?
 ‘Us c’ uim’ a spionadh thusa uam,
 ‘S an d’ fhàgadh mise gu truagh tróm ?
 Mar dhà lus sinn ’s an drùchd ri gàire,
 Taobh na creige ’m blàs na gréine,
 Gun fhreumh air bith ach an aon,
 Aig an dà lus aobhach, aoibhinn.

“ Sheun òighean Chaothain na luis,
 Is boidheach, leo fein, am fàs !
 Sheun 'us na h-aighean eutrom ;
 Ged thug an torc do aon diù' 'm bàs.
 Is trom, trom, 's a cheann air aomadh ;
 'N t-aon lus faoin tha fathasd beò,
 Mar dhuilleach air seargadh 's a' ghréin—
 O ! b' aoibhinn bhi nis gun deò.

“ 'Us dh' iadh orm oidhche gun chrìoch :
 Thuit gu sìor mo ghrian fo smal. •
 Moch bu lannair air Mór-bheinn a snuadh,
 Ach anmoch chaidh tual an car.
 'S ma thréig thu mi, sholuis m' aigh !
 Tha mi gu la bhràth gun ghean.
 Och ! mur éirich Dearg o phràmh,
 Is duibh neul gu bràth a bhean !
 'S duaichnidh do dhreach ; fuar do chri' ;
 Gun spionn' ad làimh, no clì ad chois.
 Och ! 's balbh do bheul a bha binn :
 Och ! 's tinn leam, a ghraidh, do chor !
 Nis chaochail rugha do ghruaidh,
 Fhir nam mor-bhuadh anns gach cath,
 'S mall, mar na cnuic air 'n do leum,
 A' chas a chuir eilde gu stad !

“ 'Us b' annsa Dearg seach neach fo 'n ghréin,
 Seach m' athair deurach, 's mo mhathair chaomh.
 Tha 'n sùil ri lear gu tric 's an éigheach ;
 Ach b' annsa leamsa dol eug le m' ghaol.

“ 'Us lean mi 'n céin thar muir 'us glinn thu,
 'S laidhinn sìnte leat 's an t-slochd ;
 O ! thigeadh bás no tórc do m' reubadh,
 Neo 's truagh mo chàramh féin an nochd.

“ 'Us rinneadh leaba dhuinn an raoir,
 Air an raon ud cnoc nan sealg ;
 'S ni 'n deanar leab' air leth an nochd dhuinn,
 'S ni n' sgarar mo chorp o Dhearg.

“Tùirlibh, o thaibse nan nial,
 O ionadaibh fial nam flath !
 Tùirlibh air ghlas-sgiathaibh 'ur ceò,
 'Us glacaibh mo dheò gun athadh !
 “ Òighean tha 'n tallaibh an Trein,
 Deilbhibh ceò-eideadh Chrimine ;
 Ach 's annsa leam sgiobul mo Dheirg ;
 A'd sgiobuls', a Dheirg, biom !”

'Us mhothaich sinn 'g a treigsinn a guth,
 Mhothaich sinn gun lugh' a meoir.
 Thog sinn Dearg, ach bu ro-anmoch ;
 Crimine bha marbh gun deò.

Thuit a' chlàrsach as a laimh ;
 Dh' imich 's an dàn a h-anam.

Thaisg na laoch i air an tràigh,
 Le Crimora, a cheud ghràdh ;
 'Us dh' ullaich e 's an àite cheudna
 An leac ghlas fo 'n laidh e fein.

'S chaidh dithis deich samhraidh mu 'n cuairt,
 'Us dithis deich geamhraidh le 'm fuachd o sin ;
 An cian ud tha Dearg 'n a uaimb,
 'S cha 'n éisd e ach fuaim gun ghean ;
 'S tric mis' a' seinn da tra nòin,
 'S Crimin' air a ceò soillse.

C' AITE 'M FAIGHEAR SONAS?

NAIGHEACHD EIRIONNACH.

Air a h-aithris le "FIONN."

Bliadhna bha siud, anns na linntean a dh' fhalbh, thuit do Mhac-Gille-Phàdruig ann an Eirinn a bhi tinn. Bha e fo leann-dubh is mulad, 's cha robh de sgil an Eirinn na dheanamh feum dha. Thuit gu 'n tàinig an rathad fear-turuis agus chaidh innseadh dha gu 'n robh Mac-Gille-Phàdruig ris a' bhàs, agus ciod a bha cur air. "Ma, ta," arsa Eòghan a' Chnuic, oir b'e sin ainm an fhir-thuruis, "tha fhios agamsa ciod a ni feum dha, agus ma ghabhas e faotainn anns a' cheàrna so de dh' Eirinn, cha bhi fada gus am bi Mac-Gille-Phàdruig air a' bhonnaibh gu luath, làidir, 's cho sunndach cheòlmhor ri aon tàillear a chunnaic sibh riamh." Chaidh Eógan a' Chnuic a thoirt an làthair an fhir a bha 's an leabaidh agus dh' innis e dha na 'm faigheadh e léine duine a bha sona 's làn thoilichte le shuidheachadh, agus a càramh blàth o dhruim an fhir shona d' am buineadh i air a dhruim fhéin, gu 'n leighiseadh siud e gu cinnteach. "Is neónach do chungaidh-leigheis," arsa Mac-Gille-Phàdruig, "ach tha thu fhéin cho earbsach aisde, 's gu 'n dean mi a feuchainn." "Tha mi tuigsinn," arsa Eóghan a' Chnuic, "gur e 's aobhar mulaid dhuibhse a dhuine, gu bheil sibh mì-thoilichte le'r suidheachadh anns an t saoghal, agus a talach air ur cuibhrionn: a nis 'nuair a gheibheir duine nach 'eil a' talach air a chor, s fheudar dhuibhse 'nuair a gheibh sibh a léine oirbh, dol agus seachdain a chur seachad 'na thaigh agus 'aite a lionadh mar is fheàrr a dh' fhaodas sibh, mar

so theagamh gu 'n tuig sibh ciod e tha 'g a fhàgail sona," "Na 'n robh cinnt agam gu 'n tugadh e mo shlàinte dhomh agus gu 'n tilleadh mo thoilinntinn, dheanainn sinn gun ghearan." "Théid mise 'n urras" arsa Eoghan a' Chnuic, "ma gheibh sibh an léine m' ur guailibh gu 'm bi sibh ann an saoghal eile."

Cha robh tuille air, ach thug Mac-Gille-Phàdruig òrdugh dol air tòir duine sona. Smaoinich cuid ma bha duine sona 's an t-saoghal gu 'm b'é 'n Rìgh am fear sin, agus thug iad orra gu Aros an Rìgh agus leig iad ris dhaibh aobhar an turuis. "Mo chreach!" ars' an Rìgh, "mise sona! 's mi nach 'eil. Cha b' aithne dhomh sonas o'n a chaochail m' athair 's a chaidh an crùn a chur air mo cheann. Cha bhuin sonas dhòmhsa, agus 'se mo bheachd ma tha sibh an tòir air duine sona nach ruig sibh a leas dòl g' a shireadh am measg nan uaislean. Tha mi am beachd gu bheil mo dhorsair 'n a dhuine cho sona 's is aithne dhòmhsa, bruidhneadh ris 'nuair a tha sibh a' dol a mach."

Dh' fhalbh na seòid, agus a' dol a mach, arsa fear dhiu ris an dorsair—"Tha thu gu seasgair sona an so 'ille 's ann agad 'tha 'n saoghal dheth." "Tha," ars' an dorsair, "cha 'n 'eil aobhar gearain agam: cha 'n 'eil iad ach gann aig a bheil àite coltach ris." "A bheil fàth ghearain idir agad?" "Ma tà, tha," ars' an dorsair, "tha aon duine a bhitheas a tighinn a staigh a so, a dh-fhaicinn an Rìgh, ged a fhuair e air aghaidh cho math, rugadh is thogadh sinn còmhla, agus ged a tha e 'g am aithnichinn glé mbath cha ghabh e air gu 'm faic e mi, agus cho fhad' 'sa tha sin mar sin cha bhi mise sona."

Thog na seòid orra aon uair eile. Smaoinich iad gu 'm feuchadh iad àrd fhear-comhairle an Rìgh. Dh' fhaodadh esan a bhi sona. 'Se b' fhaisge do 'n rìgh ann an ùghdarras, bha tigh mór fada, farsaing aige, seirbhisich gun àireamh, agus gach nì eile d'a réir. Dh' innis iad dha ciod a chuir an sud iad. "Ma ta cha 'n 'eil mise sona," fhreagair am fear

so, “’s cha bhi cho fad ’sa tha duine os mo chionn. Tha dà nì ’g am fhàgail mi-thoilichte—cha ’n ’eil annam ach serbheis-each, agus tha eagal orm gu bheil am fear a tha fodham an inbhe an geall air m’ aite. ’s mar sin cha ’n ’eil mise sona.”

Thog na seòid orra a rithist. Dh’fheuch iad h-aon agus h-aon, ach bha smùdan fhein á ceann gach fòid, agus dh’fhairtlich orra aon duine sona fhaotainn. ’N uair a bha iad dol a thoirt dùil-thairis chual’ iad gu ’n robh duine a fuireach aig Leum-a’-mhadaidh, ’s nach cuala duine riamh e ’gearan no talach—bha fonn air-san daonnan, ’us aoidh air an còmhnuidh. Chaidh iad air tòir an fhir so. ’Nuair a ràinig iad Leum-a’-mhadaidh, ’s gun fhios aca c’ iamar a dh’aimiseadh iad air an duine air an robh iad an tòir, cha ’n fhac’ iad ach aon bhothan beag aig taobh a’ chladaich. “Is mór m’ eagal gu ’r ann air ‘gnothuch na cuthaige’ thàinig sinn an taobh so,” arsa fear dhiu. “Gu dearbh cha ’n ’eil móran coltas sonais an so” arsa fear eile. Bha fear a’ bhothain—Lachunn-na-tràigh mar theireadh daoine ris—a’ togail cruach-mhòna, ’s dà bhalachan beag breac-luirgneach ’g a chuideachadh. Bha dà chnampach balaich a’ cur shlatan an òrdugh ’s iad a’ dol a dh’iasgach, ’s bha trì caileagan beaga, bòidheach a’ trusadh fhaochag anns an tràigh. Thàinig cuilean beag, robach a mach ’s thòisich e air tathunnaich ris na coigrich.

Chuir Lachunn fàilte air na daoine, ’s an déigh beagan conaltraidh thuirt fear dhiu—“Tha àite bòidheach agaibh an so a dhuine, tha mi ’n dòchas gu bheil sibh gu comb-fhurtachail?” “Tha mise gu seasgair, sona,” fhreagair Lachunn, “cha deanainn suaip ris an Rìgh fhéin.” “Cha ’n ’eil agaibh ach cleitig bheag fhearainn.” “Tha gu leòir agam, cha b’ urrainn dhomh an còrr ’oibreachadh; mar thuirt an sean-fhacal—“Is miosa na ’n uireasbhuidh tuillidh ’s a chòir,” arsa Lachunn. “Cha ’n ’eil am bothan ach beag?” “Is feàrr tigh beag làn na tigh mór falamb.” mar thuirt an sean-fhacal” arsa Lachunn. “Cha ’n ’eil feum e bhi bruidhinn

riutsa," arsa fear nan ceisd—"Cha dean mise toll anns nach cuir thusa cnag,' ach innis so dhomh am bi thu idir a' gearan?" "An ainm an Aigh!" fhreagair Lachunn, "c' arson a bhith-inn a gearan? Nach 'eil mi fhéin 's na bhuinneas dhomh slàn fallain, gun ghaoid gun ghalair. Nach 'eil agam mar mhnaòì, an aon bhoirionnach a's feàrr 's a's gaolaiche a chuir riamh làmh ri cuigeal no cas air creathail; nach 'eil ar teaghlach, cròilean an àigh! a' fàs a suas deas, dìreach, gun mheang, gun chearb; nach 'eil toradh na mara a 'tighinn air tìr aig ar dorus, 's cha 'n 'eil a' chiste-mhine uair 'sam bith gun deannaig bhig innte; cha 'n 'eil sinn duilich a chur seachad, 's cha bhi sinn a strìth ri bhi cumail a suas ri dóighean an t-saoghail, 's mar sin tha sinn cho sona ann a so 's ged a bu leinn cóig cóigean na h-Eireann."

'Nuair chuala na coigrich so thuirt iad ri' chéile 'se so an duine air a bheil sinn an tòir, agus dh' innis iad do Lachunn gun robh aige ri tighinn a dh' fhaicinn Mac-Gille-Phàdrraig an oidhche sin fhéin. Dh' innis iad dha mar a bha 'm fear eile tinn, 's an tòir air duine sona 'fhaicinn, ach cha tug iad guth mu 'n léine air eagal 's gu 'n gabhadh Lachunn nàire 's nach rachadh e léo. 'Nuair a ràinig iad Mac-Gille-Phàdrraig dh' innis iad dha gu 'n robh an so a cheart duine air an robh e an tòir, 's nach robh e idir soirbh ri 'fhaotainn. Chuir Mac-Gille-Phàdrraig ceisd no dhà air Lachunn, agus bha e làn riarichte leis na freagairtean a fhuair e. Thionndaidh e an sin ris agus dh' innis e dha mu 'n léine, 's gu 'm b' fheàrr dhaibh a nis suaip léintean a dheanamh. "O, leth na truaighe!" ghlaodh Lachunn, "sud rud nach 'eil ormsa idir; cha robh léine ri m' dhruim o'n a phòs mi, no ionndrainn oirre."

Thuig am fear a bha 'san leabaidh a nis gu làn mhath ciod a bha Eóghan a' Chnuic a ciallachadh 'nuair a dh' iarr e air léine duine sona a chur air, agus a' tionndadh ri Lachunn ars' esan—"A Lachuinn, rinn tha feum dhomh ann an dòigh no dhà. Tha thu gu sunndach, sona ann ad bhoth-

an beag aig Leum-a'-mhadaidh air a' bhrochan 's air a bhonnach choirce, 's tha mise so an lùchairt m' athraichean leis gach ni a shanndaicheas cridhe, no mhiannaicheas sùil, 'san déigh sin uile tha mi 'gearan 's a' talach. Le còmhnaidh Ni Maith cha dean mi tuilleadh e. 'Si an fhirinn a sheasas agus tha e sgrìobhte—"Le biadh a bhith againn, 'us aodach gus ar n-éideadh, bitheamaid toilichte leò."

Fhuair Mac-Gille-Phàdrùig ni b' fheàrr, cha do dhì-chuimhnuich e Lachunn aig Leum-a'-mhadaidh, 's mar do shiubhail iad bho sin tha iad beò fhathasd.



SUAS LEIS A' GHÀIDLIG!

LE DONNACHADH MAC 'ILLE RUAIDH.

SEISD—Togaibh i, togaibh i, cànanain ar dùthcha,
 Togaibh a suas i gu h-inbhe ro chliùitich.
 Togaibh gu daingeann i, 's bithibh ri 'bàigheil,
 Hi ho-ró, togaibh i, suas leis a' Ghàidhlig!

'Si cànanain na h-oige b'ì cànanain na h-aois',
 B'ì cànanain ar sinnsear, b'ì cànanain an gaoil ;
 'S ged tha i nis aosd' tha i reachdmhor 'us treun,
 Cha do chaill i a clith, 's cha do strìochd i fo bheum.

Tha mór-shruth na Beurla a' bagradh gu cruaidh
 Ar cànanain 's ar dùthchais a shlugadh a suas,
 Ach seasamaid dileas ri cànanain ar gaoil,
 'Us cha 'n fhaigh i am bàs gu ruig deireadh an t-saoghail.

A dh' aindheoin gach ionnsuidh a thugadh le nàmh
 A chòirichean priseil a spùnneadh o'n Ghàidheal,
 Cha strìochdar a chaoidh gus am faighear a' bhuaidh
 'Thar gach mì-run 'us eucoir a dh-fhaodas ar ruaig.

O! togaibh 'ur guth as leth cànanain nam beann,
 'Us cluinnteadh a fuaim air feadh mhonadh 'us ghleann,
 Aid sheinnibh a cliù ann am bàrdachd 's an ceòl,
 'Us na leigibh le coimhich a masladh ri 'r beò.

A Chlanna nan Gàidheal bithibh seasmhach 'us dlùth
 Ri guaillibh a chéile a' cosnadh gach cliù,

O ! seasaibh gu dìleas ri cànan 'ur gràidh,
 'Us na tréigibh a' Ghàidhlig a nis no gu bràth.

O ! togaibh a bratach gu h-àrd anns an tìr
 'S biodh litrichean maireannach sgrìobht' air gach crìdh'—
 Cha tréig sinn a' Ghàidhlig, cha tréig sinn r' ar beò
 Cànan mhúirneach ar dùthch', gus an caill sinn an deò.



GAELIC-ENGLISH VOCABULARY.

ABBREVIATIONS USED.

Adj., adjective.	Nom., nominative.
Adj. n., adjectival noun.	N. f., noun feminine.
Adv., adverb.	N. m., noun masculine.
Art., article.	Neg. part., negative particle.
Comp., comparative.	Nu. adj., numerical adjective.
Cont., contraction.	Nu. n., numerical noun.
Conj., conjunction.	Pers. pron., personal pronoun.
Dat., dative.	Pl., plural.
Dem. pron., demonstrative pronoun.	Poss. pron., possessive pronoun.
Emph. pron., emphatic pronoun.	P. p., prepositional pronoun.
Gen., genitive.	Prep., preposition.
Imp, imperative.	Rel. pron., relative pronoun.
Indef. pron, indefinite pronoun.	Sing., singular.
Inter. pron., interrogative pronoun. [ticle.	V., verb.
Intens. par., intensive par-	V. adj., verbal adjective.
	V. n., verbal noun.

Note.—With some exceptions, only the uninflected forms of words are given, *i.e.*, the nominative singular of nouns and adjectives, and the root of verbs.

A, rel. pron., <i>who, which.</i>	Adhar, n.m., <i>air.</i>
Abair, v., <i>say.</i>	Adharc, n.f., <i>a horn.</i>
Abhacas, n. m., <i>merriment, sport.</i>	Ag, contraction for aig, <i>at.</i>
Abhainn, n.f., <i>a river.</i>	Agh, n.m. and n.f., <i>a heifer, hind.</i>
Àbhaist, n.f., <i>habit, custom.</i>	Àgh, n.m., <i>prosperity, delight, excellence.</i>
Abuich, adj., <i>ripe.</i>	Aghaidh, n.f., <i>a face.</i>
Acair, n.f., <i>an anchor.</i>	Àghmhor, adj., <i>glorious, magnificent.</i>
Ach, conj., <i>but.</i>	
Achadh, n.m., <i>a field.</i>	

- Agus, conj., *and*.
 Aideachadh, v.n., *confessing*.
 Aidich, v., *confess*.
 Aig, prep., *at*.
 Àigh, gen. of àgh,
 Aighean, pl. of agh.
 Aighearach, adj., *joyful, merry*.
 Aigne, n.m., *mind, temper*.
 Àil, gen. of àl, *offspring*.
 Àile, n.m., *the atmosphere, the breeze*.
 Àilleachd, n.f., *beauty*.
 Àillidh, adj., *beautiful*.
 Àilein, n.m., *a green, a plain*.
 Aimis, v., *find, light upon*.
 Aineolach, adj., *ignorant*.
 Ainm, n.m., *a name*.
 Ainmeil, adj., *famous, namely*.
 Ainmhidh, n.m., *a brute animal*.
 Air, prep., *on*.
 Air aghaidh, }
 Air adhart, } adv., *forward*.
 Air ais, adv., *backward*.
 Air falbh, adv., *away*.
 Air muin, prep., *on top, on back*.
 Àirde, n.f., *an eminence, a height*.
 Àirde, adj., comp. of àrd.
 Air eigin, adv., *scarcely, with force, with difficulty*.
 Àird-an-Ear, *the East*.
 Aire, n.f., *heed, attention*.
 Airgiod, n.m., *money, silver*.
- Àireamh, v., *number*.
 Àirean, n.m., *green patches among hills, hill dwellings*.
 Àiridh, n.f., *a hill grazing, a shealing*.
 Airidh, adj., *deserving*.
 Airson, prep., *for, because*.
 Aisridh, n.f., *a path, pass, defile*.
 Àite, n.m., *a place*.
 Àitean-comhnuidh, n.m., *dwelling-places*.
 Aithghearradh, n.m., *a short way*.
 Aithne, n.f., *knowledge*.
 Aithnich, v., *know, recognise*.
 Àithne, n.f., *command*.
 Aithris, v., *repeat*.
 Àl, n.m., *brood, young of any kind*.
 Alasdair, n.m., *Alexander*.
 Allabanach, n.m., *a wanderer*.
 Àllt, n.m., *a brook*.
 Àluinn, adj., *beautiful*.
 Àm, n.m., *time*.
 Amadan, n.m., *a fool*.
 Amaideach, adj., *foolish*.
 Amaideachd, n.f., *foolishness*.
 Amhairc, v., *look*.
 Amhuil, adv., *as, like as*.
 Am màireach, adv., *to morrow*.
 Am measg, prep., *among*.
 An, art., *the*.
 An? interr. particle,
 Anabarrach, adv., *exceedingly*.

- An aghaidh, prep., *against*.
 Anail, n.f., *breath, a rest*.
 Anainn, n.f., *eave, or top of a house wall*.
 Anam, n.m., *a soul*.
 An còmhnuidh, adv., *continually*.
 An dé, adv., *yesterday*.
 An déigh, prep., *after*.
 An diugh, adv., *to-day*.
 Àn-dòchas, n.m., *despair*.
 Anmhunn, adj., *weak, feeble*.
 Anmoch, adj., *late*.
 Anmoch, n.m., *evening*.
 An raoir, adv., *yesternight*.
 Ann, anns, *in, into*.
 Annasach, adj., *scarce, rare, delightful*.
 Annsa, comp. of ionmhuinn, *prefer, beloved*.
 Aobhach, adj., *cheerful, joyous*.
 Aobhar, n.m., *cause, reason*.
 Aodach, n.m., *dress, clothes*.
 Aoibhinn, adj., *pleasant, glad*.
 Aoibhneas, n.m., *gladness, joy*.
 Aoidh, n.m., *cheerfulness*.
 Aois, n.f., *age*.
 Aom, v., *incline, bend*.
 Aomadh, v.n., *inclining*.
 Aon, num. adj., *one*.
 Aonach, n.m., *a hill, high uncultivated ground*.
 Aosda, adj., *old, aged*.
 Àrach, n.m., *rearing*.
 Aran, n.m., *bread*.
 Àraidh, adj., *certain*.
 Arbhar, n.m., *corn in sheaf, growing corn*.
 Àrd, adj., *high, tall*.
 Àrdaich, v., *raise up, elevate*.
 Àrd-gheumnaich, n.f., *loud-
lowing*.
 Àrd-riaghlair, n.m., *chief-ruler*.
 Arm, n.m., *army*.
 As, prep., *out of*.
 As leth, prep., *on behalf*.
 Astar, n.m., *a distance, way*.
 A stigh, a steach, adv., *within*.
 Athadh, n.m., *fear, bashful-
ness*.
 Athair, n.m., *a father*.
 Atharrachadh, n.m., *a change, alteration*.
 Athraichean, n.m., pl. of athair.
 Ath-ghoirid (adj., used sub-
stantively), *a short way*.
 Ath-nuadhaich, v., *renew*.
 Ath-ùraich, v., *renew*.
 Bad, n.m., *a tuft, a small bunch*.
 Badanach, adj., *bushy, tufted*.
 Bàigh, n.f., *love, kindness, partiality*.
 Baile, n.m., *a town, village*.
 Baileach and Buileach, adj., *thorough, complete*.
 Bainne, n.m., *milk*.

- Balach, n.m., *a boy*.
 Balbh, adj., *dumb*.
 Balla, n.m., *a wall*.
 Ballach, adj., *spotted*.
 Ban, bhan, gen. pl. of bean.
 Bàn, adj., *white, fair*.
 Banais, n.f., *a wedding*.
 Ban-rìgh, n.f., *a queen*.
 Bàrd, n.m., *a poet, bard*.
 Bàrr, n.m., *top, summit, crop*.
 Bàrrach, n.m., *top branches*.
 Barrachd, adj. n., *surplus, more*.
 Bàs, n.m., *death*.
 Bàta, n.m., *a boat*.
 Beachd, n.f., *opinion*.
 Beachdaich, v., *consider*.
 Beag, adj., *little, small*.
 Beagan, adj. n., *a little*.
 Bearteach, adj., *rich*.
 Bealach, n.m., *a pass, gap, road*.
 Bean, n.f., *a woman*.
 Beann, gen. pl. of beinn.
 Beannachd, *a farewell, compliments, blessing*.
 Beannaichte, adj., *blessed*.
 Berradh, n.m., *a precipice, abrupt ascent*.
 Beatha, n.f., *life*.
 Beathach, n.m., *a beast*.
 Beinn, n.f., *a mountain*.
 Béin, gen. and pl. of bian.
 Beò, adj., *living*.
 Beò-chreutair, n.m., *a living creature*.
 Beòil, gen. of beul.
 Beothaich, v., *animate, enliven*.
 Beud, n.m., *fault, pity*.
 Beul, n.m., *a mouth*.
 Beul-atha, n.m., *a ford*.
 Bhan, gen. plu. of bean.
 Bheil, v., *is*.
 Bheir, v., *will give*.
 Bhonnaibh, n.m. (air a), *on his feet*.
 Bhos, adv., *on this side*.
 Bi, v., *be*.
 Biadh, n.m., *food*.
 Bian, n.m., *a skin, a hide*.
 Bile, n.m., *a rim, edge, margin, lip*.
 Binn, adj., *sweet, melodious*.
 Binn-ghuth, n.m., *sweet-voice*.
 Biolair, n.f., *water cress*.
 Biodh, v., cont. for bitheadh, *let be*.
 Blàr, n.m., *a battle, a field*.
 Blasad, n.m., *a tasting, a bit*.
 Blàth, adj., *warm*.
 Blàths, n.m., *warmth*.
 Bleoghain, v., *milk*.
 Bliadhna, n.f., *a year*.
 Bó, n.f., *a cow*.
 Bochd, adj., *poor*.
 Bogha-froise, n.m., *a rainbow*.
 Bòidheach, adj., *beautiful*.
 Boillsgeadh, n.m., *a sudden flash*.

- Boillsgeil, adj., *dazzling, blazing*.
- Boineid, n.f., *a bonnet*.
- Boirionnach, n.m., *a woman*.
- Bonn, n.m., *a foundation, bottom, sole*.
- Bonnach-coirce, n.m., *oatcake*.
- Borb, adj., *fierce, savage*.
- Bòrd, n.m., *a table, a board*.
- Bothan, n.m., *a country cottage, a hut*.
- Bradán, n.m., *a salmon*.
- Bràigh n.m., *topmost, or uppermost part*.
- Braon, n.m., *a drop of rain or dew*.
- Braonadh, v.n., *dropping*.
- Bras, adj., *quick, active*.
- Bràth, gu bràth, adv., *for ever*.
- Bràthair, n.m., *a brother*.
- Breab, v., *kick*.
- Breac-luirgneach, adj., *shin-freckled*.
- Breacan, n.m., *a plaid*.
- Bréid-gheal, adj., *white-sailed*.
- Breug, n.f., *a lie*.
- Briathran, n.m., *sayings, speech*.
- Bris, v., *break*.
- Briste, v.adj., *broken*.
- Broc^h an, n.m., *porridge*.
- Bròg, n.f., *a shoe*.
- Bruach, n.f., *a bank, brink*.
- Bruidhinn, v., *speak*.
- Bruithach, n.m., *a braise, an ascent*.
- Bu, v., *was*.
- Buachaille, n.m., *a herd*.
- Buachailleachd, v.n., *herding (cattle)*.
- Buaidh, n.f., *victory*.
- Buailte, v. adj., *thrashed, struck*.
- Buain, v., *reap*.
- Buaireasach, adj., *turbulent, furious*.
- Bualadh, v.n. (from buail), *striking, thrashing*.
- Buar, n.m., *cattle*.
- Buidheachas, n.m., *thanks*.
- Buileachadh, v.n., *bestowing*.
- Builich, v., *bestow*.
- Buille, n.m., *a blow*.
- Buin, v., *belong, take away, touch*.
- Bùird, gen. of Bòrd.
- Bùireadh, v.n., *roaring, bellowing*.
- Bun, n.m., *a root, bottom*.
- Bunait, n.m., *a foundation*.
- Cabarach, adj., *branchy, antlered*.
- Cabhagach, adj., *hurried, hasty*.
- Càch, indef. pron., *the rest, others*.
- Cadal, n.m., *sleep*.
- Cagailt, n.f., *a hearth*.
- Cagarsaich, v.n., *whispering*.
- Caidil, v., *sleep*.

- Càil, n.f., *strength, vigour*.
 Caileag, n.f., *a little girl*.
 Càileigin, n.f., *something, a little*.
 Caill, v., *lose*.
 Cainnt, n.f., *speech*.
 Càirdean, pl. of caraid.
 Càise, n.m., *cheese*.
 Caisg, v., *quench, suppress*.
 Caisteal, n.m., *a castle*.
 C' àite? inter. pron., *where?*
 Caithream, n.f., *a shout, loud noise*.
 Càl, n.m., *kail*.
 Caluman, n.m., *a pigeon*.
 Calg-dhireach, adj., *direct, straight*.
 Calltuinn, n.m., *hazel*.
 Camhanach, n.f., *twilight, dawn of day*.
 Càmp, n.m., *a camp*.
 Canach, n.f., *mountain down, moss crops*.
 Caochail, v., *change, die*.
 Caochan, n.m., *a rill*.
 Caochladh, n.m., *a change, alteration*.
 Caoidh, v., *weep, lament*.
 Caoidh, n.f., *lamentation*.
 Caoimhneas, n.m., *kindness*.
 Caol, n.m., *a straight, a narrow, also the smaller part, as, caol an droma*.
 Caomh, adj., *kind, meek, loving*.
 Caomhainn, v., *spare*.
 Caomhalachd, n.f., *kindness*.
 Caora, n.f., *a sheep*.
 Caorach, gen. of caora.
 Caorann, n.m., *a rowanberry*.
 Car, n.m., *a turn, bend, trick, deception*.
 Caraid, n.m., *a friend*.
 Càramh, v., *place, adjust*.
 Càramh, n.m., *usage, treatment*.
 Càrn, n.m., *a cairn, pile of stones*.
 Cas, n.f., *a foot, handle*.
 Cas, adj., *steep, abrupt*.
 Casgairt, n.f., *slaughter*.
 Cat, n.m., *a cat*.
 Cath, n.m., *a fight*.
 Cathair, n.f., *a chair*.
 Cathrach, gen. of cathair.
 Cead, n.m., *leave, liberty*.
 Cealg, n.f., *deceit*.
 Ceanalta, adj., *kind, amiable*.
 Ceangail, v., *tie, bind*.
 Ceann, n.m., *a head*.
 Ceannard, n.m., *a chief, leader*.
 Ceannardach, adj., *high-headed*.
 Ceannsaich, v., *subdue, conquer*.
 Cearb, n.m., *flaw, or defect*.
 Cearc, n.f., *a hen*.
 Cearc-fhraoich, n.f., *a moor-hen*.
 Ceàrna, n.m., *a place, quarter*.
 Ceathrar, nu.n., *four persons*.

- Ceileir, n.m., *warbling, singing of birds.*
- Céill (cuir an céill), *declare, set forth.*
- Céin, adj., *distant, remote.*
- Ceisd, n.f., *a question.*
- Céitein, n.m., *May, early summer.*
- Ceò, n.m., *mist, vapour.*
- Ceò-éideadh, n.m., *a misty shroud.*
- Ceòl, n.m., *music.*
- Ceòlmhor, adj., *musical.*
- Ceò - soillse, n.m., *misty light.*
- Ceud, nu. adj., *first.*
- Ceudna, adj., *the same.*
- Ceum, n.m., *a step.*
- Cha, neg. part., *not.*
- Chàich, gen. of càch.
- Chaidh, v., *went.*
- Chaidh, a chaidh, adv., *for ever.*
- Cheana, adv., *already.*
- Chì, v., *sees, will see.*
- Chithear, v., *will be seen.*
- Chorrach (for charachadh), v.n., *to move.*
- Chum, conj. and prep., *so that, to, towards.*
- Chunnaic, v., *did see.*
- Ciabh, n.f., *a lock of hair.*
- Ciad, nu. adj., *a hundred.*
- Cia meud? inter. pron., *how many?*
- Ciallachadh, v.n., from ciall-aich, *mean, signify.*
- Cian, adj., *long since.*
- Ciar, adj., *dark grey.*
- Ciar-imeachd, n.f., *dark departure.*
- Cinnt, n.f., *certainty.*
- Cinnteach, *certain, sure.*
- Cinntinn, v.n., *growing.*
- Ciobair, n.m., *a shepherd.*
- Ciod? inter. pron., *what?*
- Circe, gen. of cearc.
- Cire, gen. sing. of cìr, n.f., *a comb.*
- Ciste-mhine, n.f., *meal chest.*
- Ciùil, gen. of ceòl.
- Ciùin, adj., *calm, gentle.*
- Clach, n.f., *a stone.*
- Clachair, n.m., *a mason.*
- Clach-oisinn, n.f., *a corner-stone.*
- Clach-theine, n.f., *a flint-stone.*
- Cladach, n.m., *a shore.*
- Clag, n.m., *a bell.*
- Clann, col. n.f., *children.*
- Clàrsach, n.f., *a harp.*
- Claidh, v., *oppress, weary out.*
- Cleachdan, n.f., *rays of the sun.*
- Cleitig, n.f., *a small patch of land.*
- Cli, n.f., *strength, vigour.*
- Clisg, v., *startle.*
- Cliù, n.m., *fame, renown.*
- Clos, n.m., *rest, sleep.*

- Cluas, n.f., *an ear*.
 Cluich, n.m., and f., *play*.
 Cnag, n.f., *a peg, plug*.
 Cnapach, n.m., *a lump* (frequently applied to a middle sized boy).
 Cnò, n.f., *a nut*.
 Cnoc, n.m., *a hill*.
 Cnothan, pl. of cnò.
 Cò? inter. pron., *who?*
 Co, conj., *so, as*.
 Co-chomunn, n.m., *society, fellowship*.
 Còdhail, n.f., *meeting*.
 Cóiigeamh, nu. adj., *fifth*.
 Coigreach, n.m., *a stranger, foreigner*.
 Coileach, n.m., *a cock*.
 Coileach-ruadh, n.m., *a moor-cock*.
 Coille, n.f., *a wood*.
 Coillte, coilltean, pl. of coille.
 Coillteach, adj., *woody*.
 Coimhead, v., *watch, keep, preserve*.
 Coimhearsnachd, n.f., *neighbourhood*.
 Coimhlion, v., *fulfil*.
 Coin, gen. sing. and nom. pl. of cù.
 Coinneamh, n.f., *a meeting*.
 Còir, adj., *honest, just*.
 Còir, n.f., *vicinity, nearness*.
 Coire, n.m., *a hollow, corrie, ravine*.
 Cois, dat. of cas.
 Coise, gen. of cas.
 Colgarra, adj., *fierce, stern*.
 Coltach, adj., *like, similar*.
 Coltas, n.m., *likeness, appearance*.
 Cóm, n.m., *breast (cavity of)*.
 Coma, adj., *indifferent*.
 Comas, n.m., *power, authority*.
 Comasach, adj., *powerful, able*.
 Comhairle, n.f., *advice, counsel*.
 Comhartachail, adj., *comfortable*.
 Còmhdach, v., *clothe, cover*.
 Còmhdhail, n.f., *meeting*.
 Còmhla, adv., *together*.
 Còmhladh, n.f., *a door, gate*.
 Còmhnadh, n.m., *help, assistance*.
 Còmhnuidh, n.f., *a dwelling*.
 Ccompanach, n.m., *a companion*.
 Comunn, n.m., *company, fellowship*.
 Conaltradh, n.m., *conversation*.
 Cor, n.m., *a state, condition*.
 Corp, n.m., *a body*.
 Còrr, n.m., *excess, overplus*.
 Còrr, adj., *dismal*.
 Corrach, adj., *steep, abrupt*.
 Còsach, adj., *hollow, cavernous*.

- Co-sheirm, n.f., *harmony*.
 Còta-dearg, n m., *a red coat*.
 Cothromach, adj., *even, just*.
 Cràbhadh, n m., *devotion, religion*.
 Craicionn, n m., *a skin*.
 Crann, n.m., *a tree, a mast*.
 Crannach, adj., *masted*.
 Craobh, n.f., *a tree*.
 Creachan, n.m., *the bare summit of a hill*.
 Creag, n.f., *a rock*.
 Creagach, adj., *rocky*.
 Creathall, n.f., *a cradle*.
 Creid, v., *believe*.
 Creidimh, n.m., *faith*.
 Creutair, n.m., *a creature*.
 Cridhe, n.m., *a heart*.
 Cridheil, adj., *heartly, cheerful*.
 Crioich, n.f., *an end, boundary, country*.
 Crioman, n.m., *a bit, fragment*.
 Crìon, adj., *little, mean*.
 Crò, n m., *a fold (especially for sheep or cattle)*.
 Cròc, n.f., *a branch of a deer's horn*.
 Crochta, v.n., *hung up, hanged*.
 Cròilean, n.m., *family circle*.
 Crom, v., *bow, incline*.
 Cromag, n.f., *a crook*.
 Cruach-mhòna, n.f., *a peat stack*.
 Cruaidh, adj., *hard, difficult*.
 Crùbach, adj., *lame*.
 Crubaiche, n.f., *lameness*.
 Cruinn Ìeum, n.m., *a sudden leap*.
 Cruinnich, v., *collect, gather*.
 Cruinneachadh, n. m., *a gathering*.
 Cruitheachd, n.f., *creation*.
 Cruith-fhear, *the Creator*.
 Crùn, n.m., *a crown*.
 Cruth, n.m., *appearance*.
 Cruthachadh, n.m., *creation*.
 Cù, n.m., *a dog*.
 Cuach, n.f., *a cup, bowl*.
 Cuairt, n f., *a journey, circuit*.
 Cuan, n m , *an ocean*.
 Cuannar, adj, *handsome, neat*.
 Cuartaich, v., *surround*.
 Cu-chaorach, n.m., *a sheep dog*.
 Cuibhrionn, n.m., *portion*.
 Cuid, indef. pron., *some*.
 Cuidich, v., *assist*.
 Cuideachd, n.f., *company*.
 Cuigeal, n.f., *a distaff*.
 Cuileag, n.f., *a fly*.
 Cuilean, n.m., *a whelp*.
 C' uime? inter. pron., *wherefore?*
 Cuimhne, n.f., *memory*.
 C' uin? inter. pron., *when?*
 Cuinnein, n.m., *a nostril*.
 Cuir, v., *put, send*.
 Cuirm, n.f., *a feast, banquet*.
 Cùis, n.f., *an affair, matter*.

- Cuis-eagail, n.f., *cause of fear*.
 Cùl, n.m., *a back*.
 Culaidh-àbhacais, n.f., *object of mirth*.
 Culaidh-eagail, n.f., *object of fear*.
 Culaidh-fharmaid, n.f., *object of envy*.
 Cum, v., *keep, hold*.
 Cumail, v.n., *holding*.
 Cumhachd, n. m., *power, might*.
 Cumhann, adj., *narrow*.
 Cungaidh-leighis, n.f., *cure, medicine*.
 Cunnt, v., *number*.
 Cunntas, n.m., *number*.
 Cùram, n.m., *care, anxiety*.
 Currachd, n.m., *a cap*.
 Cùrsa, n.m., *a course*.
 Cuspair, n. m., *an object, mark*.
 Cuthach, n.m., *rage, madness*.
 Dà, nu. adj., *two*.
 Dachaidh, n.f., *home*.
 Daingnich, v., *establish, confirm*.
 Dall, adj., *blind*.
 Dalladh, v.n., *blinding, obscuring*.
 Dall-cheò, n.m., *thick mist*.
 Damh, n.m., *an ox, stag*.
